

DEALBHADH PRÒGRAM CPD AIRSON OBAIR CHOIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

CR 12-07

Aithisg rannsachaidh airson Bòrd na Gàidhlig
Am Màrt 2013

Sgioba Rannsachaidh

Gillian Munro, Michelle NicLeòid, Iain Mac an Tàilleir, Timothy Currie Armstrong,

Lèirsinn: Brian MacDonald, Maria Ruiseal, Seònaid NicLeòid

Sabhal Mòr Ostaig-OGE agus Oilthigh Obar Dheathain, ann an co-obrachadh le Soillse

Structar na h-aithisg

1. Ro-ràdh

1.1. Co-theagsa

2. Dòighean-rannsachaidh

- 2.1. Ro-ràdh do na trì pàirtean san rannsachadh
- 2.2. Na ceisteachain
- 2.3. Na h-agallamhan
- 2.4. Sgrùdadh air trànanadh a tha ri fhaotainn

3. Toraidhean 1: Ceisteachain

- 3.1. Prìomh fheartan an luchd-fhreagairt
- 3.2. Trèanadh a chaidh a dhèanamh/a thathas a' dèanamh
- 3.3. Eòlas bho obraighean/trèanadh air leasachadh coimhleasachd no leasachadh càinain
- 3.4. Ùidh ann an trànanadh
- 3.5. Iarrtas a thaobh modh-lìbhrigidh/àite-trèanaidh
- 3.6. Poileasaidhean, cothroman trèanaidh agus buidseatan
- 3.7. Beachdan air leasachadh chothroman trèanaidh gu nàiseanta
- 3.8. Co-dhùnaidhean

4. Toraidhean 2: Agallamhan

- 4.1. Ro-ràdh do na h-agallamhan
- 4.2. Trèanadh a tha ri fhaotainn an-dràsta, agus deòin trèanadh a ghabhail os làimh
- 4.3. Sgilean a th' ann agus a tha a dhìth - prìomhachasan
- 4.4. Maoin, poileasaidhean, co-obrachadh agus siostaman-taice
- 4.5. Co-dhùnaidhean

5. Toraidhean 3: Cothroman trèanaidh: leasachadh càinain/coimhleasachd

- 5.1. Dòighean obrach
- 5.2. Iomradh air na cùrsaichean
- 5.3. Co-dhùnaidhean
- 5.4. Clàr de na Cùrsaichean

6. Molaidhean

- 6.1. A' leasachadh proifeiseantachd
- 6.2. Prògram Solarachaidh Trèanaidh

Tùsan

Pàipear-taice A: An Ceisteachan

Pàipear-taice B: Ceistean nan agallamh

Pàipear-taice C: Buidhnean a fhuair ceisteachan/a thill e

1. RO-RÀDH

1.1. Co-theagsa

Tha *Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17* ag ainmeachadh leasachadh na Gàidhlig san àite-obrach agus sa choimhairsnachd mar dhà de na prìomhachasan leasachaidh airson nan còig bliadhnaichean ri teachd. Tha Bòrd na Gàidhlig airson is gum bi tuilleadh cothroman aig daoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh san àite-obrach agus sa choimhairsnachd agus thathas ag iarraidh na sgilean càinain - is na sgilean eile a tha a dhìth airson a bhith a' conaltradh agus ag obair le daoine eile - a leasachadh agus a leudachadh. Leis a' chuireadh gu tairgse airson a' phìos rannsachaidh seo, agus mar a sheall rannsachadh aig an Dr Michelle NicLeòid air feumalachdan trèanaidh oifigearan leasachaidh coimhairsnachd (2011), tha e soilleir gu bheil iarrtas agus feum ann air cothroman trèanaidh, an dà chuid airson eisimpleirean is eòlas ùr fhaighinn, agus airson misneachd a thogail am measg an luchd-obrach.

Ma tha trèanadh gu bhith feumail, bha feum air rannsachadh air (am measg eile):

- dè cho mòr is a tha an t-iarrtas air trèanadh?
- dè an t-eòlas is sgilean a tha daoine ag iarraidh?
- dè an t-eòlas is na sgilean a tha aig daoine mar-thà a tha an sàs ann an leasachadh aig ìre na coimhairsnachd agus san àite-obrach?
- dè an t-eòlas is na sgilean a bharrachd a tha iad ag iarraidh agus, nam beachd fhèin, air a bheil iad feumach?
- ciamar/cuin/càite an gabhadh trèanadh lìbhrigeadh agus cò leis?
- dè na teisteanasan/an t-eòlas a tha a dhìth airson gach seòrsa trèanaidh?
- agus dè na cosgaisean a bhiodh ann?

Chaidh seo a dhèanamh leis a' phìos rannsachaidh seo.

Tha e fior chudromach gum bi Bòrd na Gàidhlig a' cruinneachadh an t-seòrsa dàta seo agus a' co-òrdanachadh iomairtean gus trèanadh a thoirt seachad do bhuill is luchd-obrach nan diofar bhuidhnean, oir curidh luchd-obrach sgileil, misneachail, proifeiseanta gu mòr an uair sin ri brosnachadh na Gàidhlig sna coimhairsnachdan is àiteachan-obrach, agus mar sin, curidh a h-uile duine, aig gach ìre, ri amasan *Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17*.

Tha an aithisg seo a' mìneachadh toraidhean rannsachaiddh dha na prìomh cheistean aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh trèanaidh a th' ann do bhuidhnean agus a bu chòir a bhith ann. 'S ann mu dheidhinn seo a tha an còrr den aithisg seo.

Bithear a' bruidhinn san ath chaibideil mu na dòighean-rannsachaiddh a chaidh a chleachdad, ach bu chòir ainmeachadh gun d' fhuaireadh ìre-fhreagairt glè mhath: thàinig 41 ceisteachain air ais à 50 a chaidh a sgaoileadh (82%).

A' togail air an rannsachadh, tha an aithisg seo a' moladh prògram LDL (CPD) a bhiodh freagarrach airson luchd-obrach a tha an sàs ann am Planadh Càinain. Tha e cuideachd a' toirt beachdan an luchd-rannsachaiddh air an fheum a bhith a' brosnachadh proifeiseantachd agus, mar sin, a' togail misneachd ann an leasachadh càinain is coimhairsnachd na Gàidhlig.

Tha sinn fada an comain nam buidhnean a dh'aontaich agallamhan a dhèanamh is ceisteachan a lìonadh. Bu mhath leinn cuideachd taing a thoirt do dh'oifigear a' Bhùird, Dàibhidh Boag, a bha na chomhairliche dhan phròiseact, fhad 's a bha an rannsachadh ga thoirt gu buil.

2. DÒIGHEAN-RANNSACHAIDH

2.1. Ro-ràdh do na trì pàirtean san rannsachadh

Roinneadh an obair na trì pàirtean, a rèir taigse rannsachaidh a' Bhùird. Bha am Bòrd ag iarraidh sgrùdadh air feumalachdan trèanaidh bhuidhnean le luchd-obrach pàighe agus saor-thoileach, agus chruthaicheadh ceisteachan a rachadh sa phost gu buidhnean (50), agus chruthaicheadh liosta de cheistean airson aon agallamh leis gach seòrsa buidhne (4). Dh'iarradh cuideachd rannsachadh air na cùrsaichean a th' ann cheana a ghabhadh cleachdadh ann an trèanadh, agus chaidh seo a dhèanamh le rannsachadh air an eadar-lìon agus le fònadh airson tuilleadh fiosrachaiddh. Roinneadh an obair agus ghabh Michelle NicLèoid na h-agallamhan os làimh; làimhsich Iain Mac an Tàilleir agus Tim Armstrong an rannsachadh air cùrsaichean a th' ann cheana; agus làimhsich Gillian Rothach agus sgioba rannsachaidh Lèirsinn rannsachadh le ceisteachain. Chuir gach ball den sgioba ri cruthachadh ionnsramaidean rannsachaidh agus ri deasbadan air na toraidhean, ach ghabh gach duine stiùir air sgrìobhadh nan toraidhean fo chaibideilean 3, 4 agus 5. Thugadh na trì dòighean-rannsachaidh agus toraidhean an rannsachaidh còmhla sna molaidhean ann an Caibideil 6. Chuir oifigear a' Bhùird, Dàibhidh Boag, ri coinneamhan sgioba le beachdan feumail.

2.2. Na ceisteachain

Thaghadh 50 buidhinn a tha an sàs ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig. Tha plana càinain aig a' mhòr-chuid agus mar sin, le planaichean air mar a bhios iad a' libhrigeadh agus a' leasachadh sheirbheisean don Ghàidhlig agus a' leasachadh sgilean obrach gus am plana a chur an gnìomh. Shaoil an sgioba gu bheil co-dhiù ceithir diofar sheòrsachan de bhuidhnean ann agus gum biodh e iomchaidh sampall co-ionnan a thaghadh bho gach buidhinn.

Leis mar a bha am Bòrd airson coimhead air feumalachdan bhuidhnean le luchd-obrach pàighe agus neo-phàighe, agus air buidhnean sa bhaile mhòr agus air an dùthaich le daoine pàighe agus neo-phàighe, chaidh ceistean a dhealbh a rèir nam feartan seo.

Chaidh freagairtean nan diofar bhuidhnean an cur ann an dà bhuidheann a rèir dè seòrsa bhuidhnean a th' annta: Buidheann 1 - ùghdarrasan phoblach (a' mhòr-chuid sa bhaile-mhòr), agus Buidheann 2 - buidhnean leasachaidh (a' mhòr-chuid air an dùthaich). Tha na toraidhean bho na ceisteachain stèidhichte air coimeas eadar an dà bhuidhinn seo. Bha e doirbh sgaradh ciallach a dhèanamh eadar buidhnean a tha ann an àiteachan dùthchail seach sa bhaile mhòr, oir tha gu leòr de bhuidhnean ann a tha a' déanamh obair san dà chuid, m.e. CnaG, le prìomh oifis ann an Inbhir Nis, agus luchd-obrach sna h-Eileanan, tir-mòr, agus sna bailtean. Ach chunnacas pàtran gu math soilleir gu bheil na buidhnean poblach/nàiseanta cha mhòr uile stèidhichte ann am baile mòr, ged a bhios iad ag obair cuideachd air an dùthaich, agus gu bheil a' mhòr-chuid de bhuidhnean carthannais/saor-thoileach air an dùthaich. Chleachdadh an

sgaradh seo san anailis air ceisteachain mar dhòigh air faighinn gu sgaraidhean eadar baile/dùthaich.

Gus amasan a' Bhùird a choileanadh, chaidh an ceisteachan a roinn na cheithir pàirtean, le ceistean a' sùileachadh gun taghadh an duine a bha ga lionadh aon taghadh à liosta: fios mun bhuidhinn (luchd-obrach, seòrsa obraichean, àireamhan airson luchd-obrach pàighte/neophàighte); trèanadh sa bhuidhinn an-dràsta gus ìre trèanaidh an-dràsta a thomhas; iarrtas air trèanadh; agus neart bheachdan mu thrèanadh, a' cleachdadh sgèile Likert. Bha cothrom aig daoine barrachd a sgriobhadh air cuspair sam bith aig an deireadh.

Às dèidh dhan sgioba an ceisteachan aontachadh, chaidh iarraidh air Bòrd na Gàidhlig litir taice a chur ris gus feuchainn ri àireamh tillidh nan ceisteachan àrdachadh. Thugadh sìneadh ùine cola-deug don fheadhainn nach do thill an ceisteachan taobh a-staigh cola-deug. Dh'fhòn neach air an sgioba rannsachaidh gu buidhnean nach robh air an ceisteachan a thilleadh aig a' chiad chothrom, agus thàinig barrachd cheisteachan a-steach air sgàth seo. Thàinig 41 à 50 ceisteachain air ais (ìre freagairt 82%). Fhreagrach a' mhòr-chuid de cheistean. Sna freagairtean bho beag-chuid nam buidhnean mòra, thugadh seachad àireamhan 'rounded', mar eisimpleir le àireamh luchd-obrach ma bha e sna míltean. Fhuaireadh cha mhòr an aon àireamh de cheisteachain air ais bho gach seòrsa buidhne agus mar sin, tha na toraidhean earbsach a thaobh riochdachaidh chothromaich de gach seòrsa buidhne.

Chaidh an dàta bho na ceisteachain a chur a-steach gu prògram SPSS, agus chruthaicheadh mòran chlàr le àireamhan fhreagairtean. Chaidh na clàr am mìneachadh a-rithist leis an neach-rannsachaidh.

2.3. Na h-agallamhan

Anns an tagradh mhol sinn gun cumamaid agallamhan le riochdairean bho cheithir buidhnean a bha a' dèligeadh ri leasachadh na Gàidhlig agus/no leasachadh coimhearsnachd na Gàidhlig leis an tuigse gun cuireadh seo ri sgrùdadh fheumalachdan leis a' cheisteachan.

Co-cheangailte ri sgrùdadh nan ceisteachan chaidh na buidhnean a sheòrsachadh a rèir structair agus priomh obrach (buidhnean Gàidhlig, urrasan leasachaidh coimhearsnachd, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach); ann an conaltradh le Bòrd na Gàidhlig chuir sinn romhainn gum biodh e iomchaidh nan robh na ceithir buidhnean ris an robh sinn a' cumail agallamh a' riochdachadh àiteachan dùthchail agus a' bhaile mhòir agus is iad Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle nan Eilean Siar, Comunn na Gàidhlig agus Stòras Uibhist na ceithir a chaidh a thaghadh.

Chaidh liosta de cheistean aontachadh leis a' bhuidhinn rannsachaidh gu lèir agus chaidh an cleachdad anns gach agallamh, ged nach do chumadh ris na ceistean a-mhàin fad na h-ùine agus cead is fàilte air daoine bruidhinn san fharsaingeachd timcheall air a' chuspair.

Mus deach na h-agallamhan a chumail, chaidh innse do dhaoine cò ma dheidhinn a bha an rannsachadh agus carson a chaidh an taghadh airson pàirt a ghabhail ann: cuideachd chaidh foirmichean-cead airson agallamh a thoirt a-mach. Chaidh innse aig toiseach an agallaimh cuideachd gun rachadh an clàradh ach gum faigheadh com-pàrtichean cothrom sùil a thoirt air nòtaichean/tras-sgrìobhadh airson càil sam bith a cheartachadh.

Chaidh na h-agallamhan a chumail mar a leanas:

Comunn na Gàidhlig	Dòmhnull MacNèil	Ceannard	05.02.2013
Stòras Uibhist	Huw Francis	Chief Executive	07.02.2013
Comhairle nan Eilean Siar ¹	Dolina NicLeòid Dòmhnull Weir	Oifigear Poileasaидh Oifigear Taice na Gàidhlig	12.02.2013
Comhairle Baile Ghlaschu	Dòmhnull Mac a' Phì	Oifigear Leasachaидh na Gàidhlig	13.02.2013

2.4. Sgrùdadh air trèanadh a tha ri fhaotainn

Tha iomradh seo shìos air cothroman trèanaidh a th' ann do luchd-leasachaидh càin agus/no coimhearsnachd a leigeas leotha cur ri an sgilean, agus le sin ri ère proifeiseantachd an cuid obrach. Thathar mothachail, mus bi daoine uidheamaichte airson a dhol an sàs ann an dreuchd sam bith, gum bi feum aca air eòlas is fiosrachadh a dh'ullaicheas iad airson an dreuchd a choileanadh cho proifeiseanta's cho fiosraichte's a ghabhas.

Ann a bhith a' rannsachadh nan cothroman trèanaidh, bhathar mothachail gum feumadh cursaichean a bhith a' freagairt air feumalachdan luchd-leasachaидh càin agus/no coimhearsnachd a tha ann an cosnadh eadar làn-ùine is pàirt-ùine ann an Alba. Air a' bhonn sin, chan eil iomradh an seo air cursaichean làn-ùine aghaidh-ri-agħaidh air sàilleabh's nach eil e coltach gum faigheadh luchd-obrach fòrladh bhon dreuchd airson pàirt a ghabhail ann an cursa teisteanais, dioplòma, ceuma no iar-cheuma air a lìbhrigeadh air an dòigh sin rè bliadhna no nas fhaide. Chaidh cumail ri mìneachadh car cuingealaichte air "cursa" cuideachd, agus chaidh cursaichean a sheachnad far nach robh eileamaid air choireigin de theagastg's de mheasadh nan lùib, mar eisimpleir cursaichean fèin-stiùridh ann an leasachadh coimhearsnachd. Mar an

¹ Bha luchd-freagairt bho Comhairle nan Eilean Siar den bheachd gun robh e doirbh dhaibh na ceistean a fhreagairt as leth na Comhairle air fad seach gur e buidheann cho mòr a th' innta agus dh'fhaodadh gum biodh sgrùdadh mòr oifigeil a dhìth airson tuigse cheart fhaighinn air sgilean agus feumlachdan trèanaidh na Comhairle.

ceudna, chan eil iomradh air càrsaichean a tha a dh'aona ghnothaich ag amas air luchd-obrach ann am buidhnean-cobhair eadar-nàiseanta no air daoine a bhiodh ag obair gu ìre mhòr ann an dùthchannan neo-leasaichte an treas saoghail.

Ged-thà, tha iomradh an seo air càrsaichean pàirt-ùine agus/no air astar, air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig no na Beurla, an dà chuid an Alba 's thall thairis, air am biodh cothrom aig luchd-obrach a tha fhathast ann an dreuchd. Chaith càrsaichean eadar-nàiseanta a lorg le rannsachadh air-loidhne agus chaith fiosrachadh a bharrachd a thrusadh tro phost-d no tro chòmhradh ri rianairean nan càrsaichean air a' fòn.

A thaobh an rannsachaiddh air làraichean-lìn oilthighean, cholaisteann agus luchd-solarachaidh eile, bha e na dhùbhlann aig amannan fiosrachadh iomlan, mionaideach a lorg air cruth, prìs, cinn-latha, measadh agus lìbhrigeadh chòrsaichean. Chan eil e coltach gu bheil na h-oilthighean is eile dha-rìribh a' dealbhadh nan làraichean-lìn air dhòigh 's gu bheil e furasta do dhaoine air an taobh a-muigh fiosrachadh a lorg air càrsaichean a bhios iad a' tabhann a bharrachd air an fheadhainn a tha ag amas air oilleanaich aghaidh-ri-aghaidh làn-ùine.

3. TORAIDHEAN 1: CEISTEACHAIN

3.1. Prìomh fheartan an luchd-fhreagairt

Thaghadh 50 buidhnean, leis an aon àireamh, an ìre mhath, anns gach seòrsa buidhne. B' iad na buidhnean: buidhnean poblach, buidhnean Gàidhlig, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean carthannais/saor-thoileach. Thilleadh 41 de na 50 ceisteachain (82%) a chaidh a chur a-mach. Rinn na buidhnean fèin-mheasadh a thaobh dè seòrsa buidhne a bh' annta.

Clàr 1: Na seòrsachan buidhne agus an àireamh de gach seòrsa

C02	Seòrsa buidhne	Àireamh bhuidhnean
Buidheann Ghàidhlig		10
Buidheann phoblach		8
Ùghdarrasan ionadail		10
Buidheann charthannais		10
Buidheann shaor-thoileach		1
Eile		2
Iomlan		41

Tha Clàr 1 a' sealltainn gun d' fhuaireadh freagairtean a bha a' riochdachadh gach seòrsa buidhne gu cothromach. Chuireadh na buidhnean a thill an ceisteachan fo dhà bhuidhinn: 'ùghdarrasan phoblach', a bha a' gabhail a-steach bhuidhnean Gàidhlig, bhuidhnean poblach agus ùghdarrasan ionadail, agus chuireadh buidhnean carthannais agus buidhnean saor-thoileach còmhla mar 'buidhnean leasachaид'. Chithear na toraidhean ann an Clàr 2.

Clàr 2: Àireamh bhuidhnean phoblach agus choimhearsnachd

Seòrsa buidhne	Àireamh bhuidhnean
Ùghdarrasan Phoblach	20
Buidheann Leasachaيد	21
Iomlan	41

Bha 14 de na 20 ùghdarrasan phoblach stèidhichte sa bhaile mhòr, a' fàgail nach eil ach 6 ùghdarrasan phoblach ann an àite dùthchail – agus bha na 4 dhiubh seo uile ann an Steòrnabhagh a tha na bhaile mhòr cuideachd. Dhe na dhà eile a tha 'dùthchail' (Dùn Phris is Gall-Gheindhealaibh agus Earrá-Gaidheal agus Bòid) tha iad stèidhichte ann am baile mòr.

Mar sin, sna toraidhean, tha na h-ùghdarrasan phoblach stèidhichte sa bhaile mhòr. Bha 16 buidhnean leasachaيد stèidhichte air an dùthaich agus cha robh ach 5 dhiubh anns a' bhaile mhòr.

Dh'fhaighnicheadh càite bheil prìomh oifis nam buidhnean, agus fhuaireadh na freagairtean a leanas. Bu chòir a bhith mothachail gum faod prìomh oifis a bhith aig buidheann ann an aon àite, ach oifisean no luchd-obrach a bhith sgapte ann an oifisean/sgìrean eile, m.e. CnaG no Bòrd na Gàidhlig.

Chithear ann an Clàr 3 far a bheil prìomh oifisean nam buidhnean.

Clàr 3: Far a bheil prìomh oifis na buidhnean

C03	Àite	Àireamh bhuidhnean
Na h-Eileanan Siar		13
Inbhir Nis		6
Roinn na Gàidhealtachd		5
Glaschu/Dùn Èideann/meadhan na dùthcha		12
Earra-Ghàidheal agus Bòid		2
Àite eile an Alba		3
Iomlan		41

Chithear ann an Clàr 3 gu bheil na prìomh oifisean nas cumanta anns na h-Eileanan Siar, air a' Ghàidhealtachd (a' gabhail a-steach Inbhir Nis), agus ann am meadhan na dùthcha sna bailtean mòra. Thathas am beachd gu bheil an sampall mar sin a' riochdachadh far a bheil na prìomh sgìrean/choimhearsnachdan/lionraidhean Gàidhlig an-diugh.

Chithear ann an Clàr 4 mar a tha na h-àiteachan ainmichte ann an Clàr 3 air an sònrrachadh a rèir 'baile' no 'dùthaich'.

Clàr 4: Prìomh oifis nam buidhnean sa bhaile no air an dùthaich

Baile / Dùthaich	Àireamh bhuidhnean
Baile	19
Dùthchail	22
Iomlan	41

Chithear gu bheil beagan a bharrachd de bhuidhnean le prìomh oifis air an dùthaich seach sa bhaile mhòr - a rèir nam buidhnean fhèin.

Ann an Clàr 5, chithear a bheil poileasaidh càinain aig a' bhuidhinn:

Clàr 5: Poileasaidh càinain aig buidheann

C04	Poileasaidh càinain	Àireamh buidhnean
Tha		30
Chan eil		7
Ag obair air		4
Iomlan		41

Tha Clàr 5 a' sealltainn gu bheil poileasaidh càin aig, no gus a bhith aig, 34 de na 41 buidhnean; tha 7 buidhnean ann a tha gun poileasaidh càin aca.

Cuideachd, is urrainnear a ràdh gu bheil a' mhòr-chuid de bhuidhnean air a bhith an sàs ann am poileasaidh/planadh càin sa bhuidhinn aca mar-thà, gu ìre air choireigin.

Tha an ath dhà chlàr a' sealltainn nan àireamhan de dhaoine a tha ag obair co-dhiù pàirt den latha tro mheadhan na Gàidhlig.

Clàr 6: Daoine ag obair co-dhiù pàirt den latha tro mheadhan na Gàidhlig

C05 Àireamh dhaoine anns a' bhuidhinn a tha ag obair tro mheadhan na Gàidhlig co-dhiù pàirt den ùine			
Buidheann	Àireamh luchd-obrach		Àireamh Bhuidhnean
	pàighe	saor-thoileach	
Buidheann Ghàidhlig	63	36	10
Buidheann phoblach	91	0	8
Ùghdarris ionadail	280	7	10
Buidheann charthannais	42	22	10
Buidheann shaor-thoileach	1	6	1
Eile	3	11	2
Iomlan	480	82	41

Tha Clàr 6 a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine san t-sampall seo, a chleachdas a' Ghàidhlig airson co-dhiù pàirt den latha, a' faighinn tuarastal (480); mar sin, tha cha mhòr còig uiread de na daoine a chleachdas co-dhiù beagan Gàidhlig gach latha a' faighinn pàigheadh na tha ag obair gun phàigheadh (82).

Nuir a rinneadh anailis air cuid de na figearan, fhuaireadh seo: de na 280 a tha ag obair aig ùghdarris ionadail a tha a' cleachdadadh co-dhiù beagan Gàidhlig, is ann aig CnES a tha 180 dhiubh – còrr is leth den 280. Tha an 180 a' riochdachadh mu aon duine às gach còignear a tha ag obair aig CnES, a chleachdas Gàidhlig gu ìre air choireigin gach latha. Cuideachd, de na 280, tha 30 duine aig Comhairle Baile Dhùn Èideann, agus 31 aig Comhairle Baile Ghlaschu.

De na figearan airson daoine ag obair gu saor-thoileach, chithear na leanas:

De na 36 a tha ag obair gun phàigheadh aig buidhnean Gàidhlig, agus a' cleachdadadh na Gàidhlig gu ìre aig an obair, tha 30 dhiubh seo aig aon bhuidhinn, An Comann Gàidhealach.

Tha an ath chlàr, Clàr 7, a' coimhead air figearan bho Chlàr 6 fo na fo-chinn 'ùghdarris phoblach' agus 'buidheann leasachaidh'.

Clàr 7: Daoine pàighe/neo-phàighe a tha a' cleachdadadh na Gàidhlig co-dhiù pàirt den ùine aig 'ùghdarris phoblach' no 'buidheann leasachaидh'

C05 Àireamh dhaoine anns a' bhuidhinn a tha ag obair tro mheadhan na Gàidhlig co-dhiù pàirt den ùine			
Seòrsa buidhne	Àireamh luchd-obrach		Àireamh Bhuidhnean
	pàighe	neo-phàighe	
Ùghdarris Phoblach	385	7	20
Buidheann Leasachaидh	95	75	21
Iomlan	480	82	41

Tha Clàr 7 a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine a chleachdas a' Ghàidhlig nan cuid obrach, co-dhiù pàirt den ùine, san roinn ùghdarris phoblach, agus gu bheil iad pàighe (385/480). Tha e inntinneach gu bheil àireamhan àrda de dhaoine ann am buidhnean leasachaيدh a tha a' cleachdadadh na Gàidhlig, agus tha e inntinneach cuideachd gu bheil cha mhòr leth dhiubh neo-phàighe.

Tha Clàr 8 a' taisbeanadh nan àireamhan de dhaoine a tha ag obair air cuspairean a' buntainn gu dlùth ri coimhairsnachdan agus luchd-labhairt na Gàidhlig.

Clàr 8: Daoine ag obair air cuspairean a' buntainn ri coimhairsnachdan agus luchd-labhairt na Gàidhlig

C07 Àireamhan dhaoine sa bhuidhinn agaibh a tha ag obair gu sònraichte air rudan a tha a' buntainn ri coimhairsnachdan agus luchd-labhairt na Gàidhlig			
Buidheann	Àireamh luchd-obrach		Àireamh Bhuidhnean
	pàighe	neo-phàighe	
Buidheann Ghàidhlig	63	57	10
Buidheann phoblach	83	0	8
Ùghdarris ionadail	1286	9	10
Buidheann charthannais	86	22	10
Buidheann shaor-thoileach	1	6	1
Eile	1	0	2
Iomlan	1520	94	41

Chithear ann an Clàr 8 na leanas:

Den àireimh 1286, tha 1200 dhiubh seo a' riochdachadh luchd-obrach Comhairle nan Eilean Siar air fad. Tha seo a' fàgail nach eil ach 81 ag obair air cuspairean a' buntainn ri coimhairsnachdan/luchd-labhairt na Gàidhlig aig na comhairlean eile ann an Alba a bha san t-sampall seo.

De na 57 daoine neo-phàighe bho bhuidhnean Gàidhlig a tha ag obair gu sònraichte air cuspairean a' buntainn ri coimhairsnachdan Gàidhlig/luchd-labhairt na Gàidhlig, tha 50 daoine a' buntainn ri Comann nam Pàrant. A-rithist, chithear gu bheil a' mhòr-chuid a tha a' dèiligeadh ri coimhairsnachdan/luchd-labhairt na Gàidhlig pàighe.

3.2. Trèanadh a chaidh a dhèanamh/a thathas a' dèanamh

Bha 66,834 luchd-obrach pàighe agus 257 luchd-obrach neo-phàighe aig na buidhnean a fhreagair an ceisteachan. De na 66,834, bha a h-uile duine ach 197 ag obair aig ùghdarris phoblach ann an obraichean pàighe. Cha robh ach 110 daoine ag obair gun phàigheadh aig ùghdarris phoblach, agus bha 147 ag obair aig buidheann leasachaidh. Bha buaidh mhòr aig àireamhan luchd-obrach ùghdarrasan ionadail air an àireimh de luchd-obrach pàighe, 66,834.

Nuair a rinneadh sgrùdadadh air an 66,834, fhuaireadh gu bheil 480 luchd-obrach pàighe agus 82 luchd-obrach neo-phàighe ag obair tro mheadhan na Gàidhlig co-dhiù pàirt den ùine. Den 480, bha 385 ag obair aig ùghdarris phoblach agus 95 aig buidheann leasachaidh. A thaobh nan 82 obraichean neo-phàighe, bha 7 ann an obraichean ùghdarris phoblach, agus 75 ann an obraichean sa choimhearsnachd.

Dhan cheist air cò mheud duine a tha ag obair air cuspairean a tha a' buntainn gu sònraichte ri coimhairsnachdan agus luchd-labhairt na Gàidhlig, fhuaireadh gu bheil 1520 daoine pàighe agus 94 daoine neo-phàighe ann. Is iad seo is dòcha na daoine as mothà a bu chòir a bhith fo sgrùdadadh a thaobh sgilean, fheumalachdan agus chothroman trèanaidh.

De na 1520, bha 1383 ag obair aig ùghdarris phoblach, agus cha robh ach 137 ag obair aig buidheann leasachaidh. De na 94 daoine neo-phàighe, bha cha mhòr a h-uile duine – 85 – ag obair aig buidheann leasachaidh.

Chaidh iarraidh air na daoine a lìon an ceisteachan innse mu na seòrsachan obrach a bha a' buntainn gu sònraichte ri coimhairsnachdan Gàidhlig. Bha an àireamh a b' àirde de dh'obraichean pàighe ann an leasachadh coimhairsnachd (97), air a leantainn le 'eile' (105), leasachadh càinain sa choimhairsnachd (87), leasachadh phoileasaidhean a tha a' bualadh air seirbheisean/coimhairsnachdan Gàidhlig (40), agus air comataidh buidheann Ghàidhlig (17). Bha a' mhòr-chuid de na h-obraichean pàighe ann an leasachadh coimhairsnachd, mar a bhiodh dùil is dòcha, anns a' choimhairsnachd (79 de na 97). Bha e an rathad eile airson obraichean leasachadh càinain sa choimhairsnachd, le 38 aig ùghdarris phoblach agus 49 sa choimhairsnachd. Bha an aon phàtran ri fhaicinn a thaobh obraichean a' leasachadh phoileasaidhean, le dà uiread a' faighinn cosnadh pàighe aig ùghdarris phoblach (18) na aig buidhnean coimhairsnachd (22).

A thaobh obraichean neo-phàighe, bha a h-uile obair leasachadh coimhairsnachd ach aon aig buidhnean coimhairsnachd (309 à 310); a-rithist, airson obair ann an leasachadh càinain, bha a' mhòr-chuid ag obair aig buidhnean leasachaidh (50 à 55). Bha dà uiread ann an obraichean neo-phàighe (6 à 9) ag obair aig buidhnean leasachaidh seach ùghdarris phoblach.

Tha pàtran soilleir ri fhaicinn: gu bheil daoine neo-phàighe a tha ag obair gu sònraichte ann an sgìrean a' buntainn ri coimhairsnachdan Gàidhlig ag obair aig buidhnean coimhairsnachd, agus tha daoine pàighe ag obair aig ùghdarris phoblach, stèidhichte sna bailtean mòra.

3.3. Eòlas bho obraichean/trèanadh air leasachadh coimhearsnachd no leasachadh càin

Dh’iarradh fiosrachadh air luchd-obrach pàighe agus neo-phàighe a rinn trèanadh roimhe ann an leasachadh càin no leasachadh coimhearsnachd. Chithear na h-àireamhan ann an Clàr 9.

Clàr 9: Luchd-obrach le obair roimhe co-cheangailte ri leasachadh càin/coimhearsnachd

Obraichean roimhe co-cheangailte ri leasachadh càin/coimhearsnachd	Àireamh dhaoine			Ceist
	Iomlan	Ùghdarris Phoblach	Buidheann Leasachaidh	
Leasachadh càin (pàighe) Leasachadh càin (neo-phàighe)	49 3	32 1	17 2	C14.1
Leasachadh coimhearsnachd (pàighe) Leasachadh coimhearsnachd (neo-phàighe)	70 10	37 0	33 10	C14.2

Chithear gu bheil mòran a bharrachd air obair a dhèanamh a bha a’ buntainn ri leasachadh coimhearsnachd, agus gu bheil seo fior airson obraichean pàighe agus neo-phàighe. Bha na h-obraichean pàighe agus neo-phàighe mar bu trice airson ùghdarrasan phoblach.

An uair sin, chaidh faighneachd mu thrèanadh a fhuaireadh mar-thà anns na ceithir sgilean: Planadh Càin, Mothachadh Càin, Leasachadh Coimhearsnachd agus Sgilean Gàidhlig. Chithear na toraidhean ann an Clàr 10.

*Clàr 10: Luchd-obrach a fhuaireadh trèanadh roimhe ann an sgilean no leasachadh
càin/coimhearsnachd*

Fhuaireadh trèanadh ann an:	Àireamh dhaoine			Ceist
	Iomlan	Ùghdarris Phoblach	Buidheann Leasachaidh	
Planadh càin (pàighe) Planadh càin (neo-phàighe)	30 2	23 0	7 2	C15.1
Mothachadh càin (pàighe) Mothachadh càin (neo-phàighe)	816 3	806 0	10 3	C15.2
Leasachadh coimhearsnachd (pàighe) Leasachadh coimhearsnachd (neo-phàighe)	191 4	164 0	27 4	C15.3
Sgilean càin (pàighe) Sgilean càin (neo-phàighe)	625 10	584 0	41 10	C15.4

Chithear ann an Clàr 10 na leanas:

Tha mòran luchd-obrach pàighe san roinn ùghdarrasan phoblach air trèanadh a dhèanamh ann an Sgilean Càin (625) agus ann am Mothachadh Càin (816). Den 625 luchd-obrach a rinn Sgilean Càin, tha luchd-obrach Comhairle Baile Ghlaschu (210), Dualchas Nàdair na h-Alba (50) agus CnES (75) a’ riochdachadh na mòr-chuid. Den 816 a rinn Mothachadh Càin, buinidh

320 do Riaghaltas na h-Alba, 120 do Chomhairle Baile Ghlaschu, agus 100 do Phàrlamaid na h-Alba.

Tha na figearan airson daoine neo-phàighe ìosal. Tha iad a' sealltainn gur e glè bheag a rinn trèanadh roimhe ann an gin de na ceithir sgilean, ach bha iad na bu bhuailtiche trèanadh a dhèanamh ann an Sgilean Càinain (10), le beagan air Leasachadh Coimhairsnachd (4) no Mothachadh Càinain (3) a dhèanamh. 'S ann anns na buidhnean coimhairsnachd a bha an luchd-obrach neo-phàighe seo a bha air trèanadh gu ìre air choireigin a dhèanamh.

San ath chlàr, chithear cò mheud buidheann, seach àireamh luchd-obrach, a dh'innis gun do rinn luchd-obrach trèanadh roimhe:

Clàr 11: Àireamh de buidhnean le luchd-obrach a rinn trèanadh roimhe

C15	Rinneadh trèanadh roimhe	IOMLAN (Buidhnean) (Àir. = 41)	Ùghdarris Phoblach (Àir. = 20)	Buidheann Leasachaidh (Àir. = 21)
Trèanadh roimhe ann am Planadh Càinain, Mothachadh Càinain, Leasachadh Coimhairsnachd, no Sgilean Gàidhlig	30	16	14	
Cha robh iomradh air trèanadh roimhe	11	4	7	
Trèanadh roimhe ann am Planadh Càinain (pàighe)	14	9	5	
Trèanadh roimhe ann am Planadh Càinain (neo-phàighe)	2	0	2	
Trèanadh roimhe ann am Mothachadh Càinain (pàighe)	16	10	6	
Trèanadh roimhe ann am Mothachadh Càinain (neo-phàighe)	3	0	3	
Trèanadh roimhe ann an Leasachadh Coimhairsnachd (pàighe)	15	5	10	
Trèanadh roimhe ann an Leasachadh Coimhairsnachd (neo-phàighe)	2	0	2	
Trèanadh roimhe ann an Sgilean Gàidhlig (pàighe)	25	13	12	
Trèanadh roimhe ann an Sgilean Gàidhlig (neo-phàighe)	3	0	3	

Chithear bhon chlàr seo na leanas:

Tha trì buidhnean às gach ceithir air trèanadh a dhèanamh roimhe ann an aon no barrachd de na ceithir sgilean (Mothachadh Càinain, Planadh Càinain, Leasachadh Coimhairsnachd agus Sgilean Gàidhlig).

Bha aon buidheann às gach ceithir gun trèanadh a dhèanamh ann an gin de na ceithir sgilean. Bha an dàrna leth de na buidhnean air trèanadh a dhèanamh ann am Planadh Càinain, agus bhuineadh a' mhòr-chuid dhiubh seo dha na h-ùghdarrasan phoblach. Mar sin, bha glè bheag de buidhnean leasachaidh (1 às gach 4 de buidhnean) air Planadh Càinain a dhèanamh – toradh a tha a' dèanamh dragh don luchd-rannsachaidh, ma tha planadh càinain aig ìre nan coimhairsnachdan gu bhith a' fàs a rèir *Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17*.

Tha barrachd bhuidhnean air trèanadh a dhèanamh ann an Sgilean Gàidhlig na ann an gin de na cuspairean eile. Tha 4/5 air seo a dhèanamh.

A rèir nam freagairtean a fhuaireadh a thaobh bhuidhnean le luchd-obrach neo-phàighe, 's e glè bheag den àireimh aca a tha air trèanadh a dhèanamh ann an gin de na ceithir cuspairean, agus den fheadhainn a rinn trèanadh, bha iad uile mar bhuidhnean coimhairsnachd.

3.4. Ùidh ann an trèanadh

San earrann seo thathar a' coimhead air àireamhan dhaoine a tha an-dràsta a' dùnamh trèanadh anns na ceithir sgilean, agus an ùidh ann am barrachd trèanaidh a dhèanamh.

Clàr 12: Luchd-obrach a' trèanadh anns na ceithir sgilean

A' trèanadh an-dràsta ann am:	Àireamh dhaoine			Ceist
	Iomlan	Ùghdarris Phoblach	Buidheann Leasachaiddh	
Planadh càinain (phàighe)	11	10	1	C16
Planadh càinain (neo-phàighe)	0	0	0	
Mothachadh càinain (phàighe)	168	168	0	C21
Mothachadh càinain (neo-phàighe)	0	0	0	
Leasachadh coimhairsnachd (phàighe)	17	5	12	C26
Leasachadh coimhairsnachd (neo-phàighe)	0	0	0	
Sgilean Gàidhlig (phàighe)	202	184	18	C31
Sgilean Gàidhlig (neo-phàighe)	100	0	100	

Chithear ann an Clàr 12 an aon phàtran is a chithear ann an Clàr 11, gu bheilear a' dùnamh trèanadh ann an Sgilean Càinain agus Mothachadh Càinain. Chithear cuideachd nach eil ach deichnear a' dùnamh trèanadh ann am Planadh Càinain, is iad uile ann an obrachean phàighe san roinn phoblaich.

Chan eil neach-obrach neo-phàighe sam bith san t-sampall seo a' dùnamh trèanadh ach ann an Sgilean Gàidhlig (tha iad seo uile ag obair airson bhuidhnean leasachaiddh).

Chithear cuideachd gu bheil àireamhan beaga ach leantainneach de luchd-obrach phàighe agus neo-phàighe a' dùnamh trèanadh ann an Leasachadh Coimhairsnachd. Tha trèanadh ann an Leasachadh Coimhairsnachd air a bhith cumanta bho na 1960an, ach chan eil cinnt sam bith ann a bheil an trèanadh seo a' gabhail a-steach buaidh leasachaidean air mion-chànan.

Nuair a rinneadh sgrùdadh air na buidhnean aig a bheil na daoine a tha a' dùnamh trèanadh, fhuaireadh seo a-mach:

Mothachadh Càinain (168): air a riochdachadh le còig ùghdarrasan phoblach a-mhàin: Comhairle Baile Ghlaschu (70); Foghlam Alba (30); Dualchas Nàdair na h-Alba (40); agus MG Alba (28).

Sgilean Gàidhlig (202 phàighe): 181 aig CnES.

Sgilean Gàidhlig (100 neo-phàighe): a h-uile duine ag obair aig Fèisean nan Gàidheal.

Planadh Cànan (11 pàighe): tha an àireamh seo glè bheag agus thèid meòrachadh air seo ann an 3.8. Co-dhùnaidhean. Tha an deichnear ag obair do na leanas: Bòrd na Gàidhlig (3), Foghlam Alba (3), Bòrd Slàinte nan Eilean Siar (2), CnES (1) agus CLÌ (1).

Coimheadar a-nis air an àireimh de bhuidhnean aig a bheil luchd-obrach ann an trèanadh:

Clàr 13: Seòrsachan trèanaidh gan dèanamh an-dràsta

C16 C21 C26 C31 Seòrsa Trèanaidh	IOMLAN (Buidheann) (Àir. = 41)	Ùghdarris Phoblach (Àir. = 20)	Buidheann Leasachaidh (Àir. = 21)
Trèanadh an-dràsta ann am Planadh Cànan, Mothachadh Cànan, Leasachadh Coimhairsnachd, no Sgilean Gàidhlig,	22	14	8
Gun iomradh air trèanadh an-dràsta	19	6	13
Trèanadh an-dràsta ann am Planadh Cànan (pàighe)	6	5	1
Trèanadh an-dràsta ann am Planadh Cànan (neo-phàighe)	0	0	0
Trèanadh an-dràsta ann am Mothachadh Cànan (pàighe)	4	4	0
Trèanadh an-dràsta ann am Mothachadh Cànan (neo-phàighe)	0	0	0
Trèanadh an-dràsta ann an Leasachadh Coimhairsnachd (pàighe)	5	1	4
Trèanadh an-dràsta ann an Leasachadh Coimhairsnachd (neo-phàighe)	0	0	0
Trèanadh an-dràsta ann an Sgilean Gàidhlig (pàighe)	19	14	5
Trèanadh an-dràsta ann an Sgilean Gàidhlig (neo-phàighe)	1	0	1

Tha Clàr 13 a' sealltainn na leanas:

Chan eil ach 22 buidheann a' dèanamh trèanadh de sheòrsa air choireigin sna ceithir sgilean an-dràsta. Tha dà uiread de ùghdarrasan phoblach a' dèanamh trèanadh (14) na tha de buidheann leasachaidh (8). Anns an t-sampall seo, tha dà thrian de dh' ùghdarrasan poblach a' dèanamh trèanadh air choireigin (14 à 22'). Tha nas lugh a' leth de buidheann leasachaidh a' dèanamh trèanadh idir (8 à 20).

Tha a' mhòr chuid de dh' ùghdarrasan phoblach a' dèanamh trèanadh ann an Sgilean Gàidhlig (14 à 20, is a h-uile duine ach aon na neach-obrach pàighe). Tha 5 ùghdarrasan phoblach ann le luchd-obrach a tha a' dèanamh trèanadh ann am Planadh Cànan (5) agus Leasachadh Coimhairsnachd (1).

Faodar a ràdh, san t-sampall seo, nach eil luchd-obrach neo-phàighe ann an gin de na seòrsachan obrach a' dèanamh trèanadh sam bith sna ceithir sgilean. Chan eil ach aon bhuidheann neo-phàighe a' dèanamh trèanadh – ann an Sgilean Gàidhlig.

Fhuairreadh 22 beachdan air ais bho bhuidhnean air cò tha a' libhrigeadh nan cursaichean a tha luchd-obrach a' dèanamh, agus dè cho fada is a tha iad a' maireachdainn, agus chaidh Ùlpan agus SMO (An Cùrsa Inntrigidh) ainmeachadh na bu thrice na feadhainn eile. Bha na

cùrsaichean de dhiofar fhaidean, bho latha no uair san t-seachdain (dhan mhòr-chuid), gu Cùrsa Inntrigidh.

Chaidh faighneachd cò mheud duine anns gach buidhinn a tha feumach air trèanadh ann an gin de na ceithir cuspairean trèanaidh, Sgilean Gàidhlig, Mothachadh Cà�ain, Planadh Cà�ain is Leasachadh Coimhairsnachd. Uile gu lèir, shealladh ùidh mhòr ann an trèanadh anns na ceithir. Bha na h-àireamhan a b' àirde a' miannachadh trèanadh anns na sgilean bunaiteach (ach cudromach): Mothachadh Cà�ain agus Sgilean Gàidhlig. Bha àireamh nach beag cuideachd ag iarraidh trèanadh ann am Planadh Cà�ain agus Leasachadh Coimhairsnachd. Chithear na h-àireamhan de luchd-obrach ann an Clàr 14 gu h-ìosal:

Clàr 14: Luchd-obrach a tha feumach air tuilleadh trèanaidh

Feumach air tuilleadh trèanaidh ann an:	Àireamh dhaoine			Ceist
	Iomlan	Ùghdarris Phoblach	Buidheann Leasachaيدh	
Planadh càin (pàighe) Planadh càin (neo-phàighe)	44 12	24 0	20 12	C37.1
Mothachadh càin (pàighe) Mothachadh càin (neo-phàighe)	981 11	962 0	19 11	C37.2
Leasachadh coimhairsnachd (pàighe) Leasachadh coimhairsnachd (neo-phàighe)	40 11	19 0	21 11	C37.3
Sgilean Gàidhlig (pàighe) Sgilean Gàidhlig (neo-phàighe)	890 509	838 0	52 509	C37.4

Chithear gu bheil a h-uile freagairt às leth dhaoine neo-phàighe a' tighinn bho buidhnean sa choimhairsnachd.

Tha an t-iarrtas air Planadh Cà�ain a' tighinn an dà chuid bhon roinn phoblaich/nàiseanta agus buidhnean coimhairsnachd.

Tha an t-iarrtas air Mothachadh Cà�ain a' tighinn sa mhòr-chuid bho ùghdarrasan phoblach. Nuair a rinneadh tuilleadh sgrùdaidh air na figearan seo, chunnacas gu bheil 962 dhiubh a' tighinn bho cheithir buidhnean mòra: Dualchas Nàdair na h-Alba (300), Comhairle nan Eilean Siar (300), Skills Development Scotland (200), agus Pàrlamaid na h-Alba (50).

Tha an t-iarrtas air Sgilean Gàidhlig (890 pàighe agus 509 neo-phàighe) inntinneach ri sgrùdadhbh cuideachd. Den iarrtas bho luchd-obrach pàighe, tha 838 sna h-ùghdarrasan phoblach, agus is iad seo na buidhnean a dh'iarr trèanadh mar seo: 650 bho Chomhairle nan Eilean Siar; 50 bho Dhualchas Nàdair na h-Alba, agus 50 bho Fhoghla姆 Alba. Den iarrtas bho luchd-obrach neo-phàighe (509), tha 500 dhiubh a' tighinn bho Fhèisean nan Gàidheal.

Tha Clàr 15 a' sealltainn àireamhan nam buidhnean agus an fheum a dh'ainmich iad air trèanadh anns na ceithir cuspairean.

Clàr 15: Buidhnean aig a bheil feum air trèanadh sna ceithir cuspairean

C36 C37	Feum aig buidhnean air trèanadh	IOMLAN (Buidhnean) (Àir. = 41)	Ùghdarras Phoblach (Àir. = 20)	Buidheann Leasachaidh (Àir. = 21)
Feumach air trèanadh ann am Planadh Cànanin, Mothachadh Cànanin, Leasachadh Coimhersnachd, no Sgilean Gàidhlig	37	19	18	
Gun iomradh air feum air trèanadh	4	1	3	
Feumach air trèanadh ann am Planadh Cànanin (pàighe)	17	8	9	
Feumach air trèanadh ann am Planadh Cànanin (neo- phàighe)	3	0	3	
Feumach air trèanadh ann am Mothachadh Cànanin (pàighe)	17	10	7	
Feumach air trèanadh ann am Mothachadh Cànanin (neo-phàighe)	2	0	2	
Feumach air trèanadh ann an Leasachadh Coimhersnachd (pàighe)	12	4	8	
Feumach air trèanadh ann an Leasachadh Coimhersnachd (neo-pàighe)	2	0	2	
Feumach air trèanadh ann an Sgilean Gàidhlig (pàighe)	21	7	14	
Feumach air trèanadh ann an Sgilean Gàidhlig (neo- phàighe)	4	0	4	

Tha Clàr 15 a' sealltainn na leanas:

Cha mhòr nach eil a h-uile buidheann (37 à 41) ag ràdh gu bheil feum aig luchd-obrach air trèanadh ann an aon no barrachd de na ceithir cuspairean. Tha an t-iarrtas as motha air Sgilean Gàidhlig (21 à 41), ach tha iarrtas gu math mòr ann cuideachd air Planadh Cànanin is Mothachadh Cànanin (17 à 41). Tha an ùidh ann an trèanadh a cheart cho làidir ann am buidhnean leasachaidh is a tha e aig ùghdarrasan phoblach. Tha na toraidhean cuideachd a' sealltainn gu bheil am beachd ann gu bheil feum aig daoine neo-phàighe, gu h-àraidh sna buidhnean leasachaidh, air trèanadh (ged a tha na toraidhean gu h-àrd a' sealltainn nach eil daoine neo-phàighe a' dèanamh trèanadh an-dràsta).

3.5. Iarrtas a thaobh modh-lìbhrigidh/àite trèanaidh

Chaidh faighneachd ciamar a b' fheàrr a ghabhadh trèanadh lìbhrigeadh. Chaidh seo fhaighneachd mu gach cuspair fa leth, ach fhuaireadh an aon phàtran anns na ceithir cuspairean.

B' fheàrr le daoine:

Taghadh 1: Neach-trèanaidh san àite-obrach

Taghadh 2: Trèanadh aig ionad-ionnsachaidh ionadail

Taghadh 3: Trèanadh tro bhith a' cleachdad ICT (vc, Skype, jabber).

Chaidh faighneachd mu àiteachan dham biodh daoine deònach a dhol airson trèanadh. Bha na beachdan uile a' sònrachadh baile faisg air oifisean nam buidhnean fhèin.

3.6. Poileasaidhean, cothroman trèanaidh agus buidseatan

Chaidh faighneachd an robh poileasaidhean trèanaidh aig na buidhnean. Fhuaireadh na freagairtean a leanas ann an Clàran 16 & 17 - mìneachadh fa leth airson luchd-obrach pàighte agus neo-phàighte.

Clàr 16: A bheil poileasaidh trèanaidh aig a' bhuidhinn? Luchd-obrach pàighte

C09.1 Poileasaidh trèanaidh - luchd-obrach pàighte	Àireamh bhuidhnean
Tha	28
Chan eil	11
Iomlan	39

De na 39 buidhnean le luchd-obrach pàighte, tha poileasaidh trèanaidh aig cha mhòr trì às gach ceithir.

Clàr 17: A bheil poileasaidh trèanaidh aig a' bhuidhinn? Luchd-obrach neo-phàighte

C09.2 Poileasaidh trèanaidh - luchd-obrach neo-phàighte	Àireamh bhuidhnean
Tha	10
Chan eil	8
Iomlan	18

De na 18 buidhnean a fhreagair a' cheist seo ann an Clàr 17, chan eil poileasaidh trèanaidh aig 8 dhiubh. Ach ma dh'fhaoidte gu bheil an àireamh de bhuidhnean aig a bheil poileasaidh trèanaidh na h-iongnadh, leis mar a bhiodh ceist mhòr ann a bheil airgead airson trèanadh aig buidhnean le luchd-obrach neo-phàighte.

Chaidh faighneachd cuideachd a bheil e riatanach do luchd-obrach pàighte agus neo-phàighte trèanadh a dhèanamh. Fhuaireadh na toraidhean a leanas - mìneachadh fa leth airson luchd-obrach pàighte agus neo-phàighte:

Clàr 18: Tha e riatanach do luchd-obrach pàighte trèanadh fhaighinn

C10.1 Trèanadh riatanach - luchd-obrach pàighte	Àireamh buidhne
Tha	17
Chan eil	20
Iomlan	37

Tha an clàr a' sealltainn nach eil e riatanach ach do bheagan nas lughna leth nam buidhnean gun dèan neach-obrach pàighe trèanadh.

Clàr 19: Tha e riatanach do luchd-obrach neo-phàighe trèanadh fhaighinn

C10.2 Trèanadh riatanach - luchd-obrach neo-phàighe	Àireamh buidhne
Tha	4
Chan eil	15
Iomlan	19

Tha an clàr a' sealltainn gu bheil trèanadh riatanach do 4 buidhnean à 19; mar sin, chan eil trèanadh riatanach do luchd-obrach neo-phàighe aig cha mhòr trì cairteal dhe na buidhnean.

Chaidh faighneachd mu na buidseatan trèanaidh aig buidhnean, ach fhuaireadh glè bheag de dh'fhiorsrachadh: fhreagair 9 buidhnean à 41, agus b' ann eadar £2-5k an fhreagairt a bu chumanta. Fhuaireadh beagan fiosrachaidh airson gach seòrsa obrach agus roinn gu bheil e a rèir feumalachdan an duine/buidhne/ionmhas na buidhne aig an àm, agus gu tric a rèir na thèid aontachadh le manaidsear.

3.7. Beachdan air leasachadh chothroman trèanaidh gu nàiseanta

Chaidh iarraidh air buidhnean taic no cion taice a shealltainn do dhiofar abairtean mu thrèanadh, a' cleachdad sgèile Likert.

3.7.1. Taic do bharrachd chothroman trèanaidh

À 39 buidhnean, bha a h-uile buidheann ach 2 ag aontachadh, no ag aontachadh gu làidir, ris a' bheachd gu bheil feum air barrachd chothroman trèanaidh airson bhuidhnean a tha a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig. Tha taic fior làidir ann do bharrachd chothroman trèanaidh. Chithear seo uile ann an Clàr 20.

Clàr 20: Taic do bharrachd chothroman trèanaidh

C42 Tha feum air barrachd chothroman trèanaidh airson bhuidhnean a tha a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig.						
	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làidir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	1	0	2	17	19	39
Ùghdarris Phoblach	0	0	0	7	11	18
Buidheann Leasachaidh	1	0	2	10	8	21

3.7.2. Taic dhan bheachd gu bheil feum air càrsaichean le teisteanasan, mar LDL (CPD)

À 39 buidhnean, bha 29 ag aontachadh, no ag aontachadh gu làidir, gu bheil feum air càrsaichean le teisteanas, mar LDL (CPD). Bha 7 buidhnean ann a bha gun bheachd, agus dhiubh seo, bha a' mhòr-chuid (6) nam buidheann leasachaidh – a rèir seo, chan eil buidhnean sa choimhearsnachd buileach cho cinnteach ri ùghdarrasan phoblach à feum air barrantas. Chithear seo ann an Clàr 21.

Clàr 21: Feum air càrsaichean le teisteanas

C43 Tha feum air càrsaichean le teisteanasan, mar teisteanas Leasachadh Dreuchdail Leantainneach (LDL).

	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làidir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	1	2	7	18	11	39
Ùghdarris Phoblach	0	0	1	10	7	18
Buidheann Leasachaidh	1	2	6	8	4	21

3.7.3. Feum air barrachd co-òrdanachaiddh le Bòrd na Gàidhlig de dh'fhiosrachadh mu chothroman trèanaidh

À 38 buidhnean, bha 33 ag aontachadh/ag aontachadh gu làidir gu bheil feum air barrachd co-òrdanachaiddh le Bòrd na Gàidhlig de dh'fhiosrachadh mu chothroman trèanaidh. Bha seo fior airson an dà sheòrsa buidhne, mar a chithear ann an Clàr 22.

Clàr 22: Feum air barrachd co-òrdanachaiddh le BnG de dh'fhios mu chothroman trèanaidh

C44 Tha feum air barrachd co-òrdanachaiddh le Bòrd na Gàidhlig de dh'fhiosrachadh mu chothroman trèanaidh.

	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làidir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	1	1	3	25	8	38
Ùghdarris Phoblach	0	0	0	12	5	17
Buidheann Leasachaidh	1	1	3	13	3	21

3.7.4. Feum air prògram coitcheann gach bliadhna airson bhuidhnean a tha a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig

À 39 buidhnean, bha 32 ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gu bheil feum air prògram trèanaidh coitcheann gach bliadhna airson bhuidhnean a tha a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig. Bha am beachd seo na bu làidire ann an ùghdarrasan phoblach na ann am buidhnean leasachaidh.

Clàr 23: Feum air prògram trèanaidh coitcheann gach bliadhna

C45 Tha feum air prògram trèanaidh coitcheann gach bliadhna airson bhuidhnean a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig.

	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làidir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	1	2	4	23	9	39
Ùghdarris Phoblach	0	1	1	10	6	18
Buidheann Leasachaidh	1	1	3	13	3	21

3.7.5. Feum ann am buidhnean a' tighinn còmhla airson sheiseanan trèanaidh

À 39 buidhnean, bha 30 ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir ris a' bheachd seo. Ach bha àireamh mhath ann cuideachd a bha gun bheachd, agus chithear gu bheil barrachd a' taghadh 'ag aontachadh' seach 'ag aontachadh gu làidir'. Ma dh'fhaoidte gu bheil cuid den bheachd gu

bheil tighinn còmhla feumail uaireannan, agus uaireannan nach eil. Chìthear na toraidhean ann an Clàr 24 gu h-ìosal.

Clàr 24: Feum ann am buidhnean a' tighinn còmhla airson trèanaidh

C46 Bhiodh e feumail nan tigeadh buidhnean còmhla airson sheiseanan trèanaidh.						
	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làdir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	2	0	7	21	9	39
Ùghdarris Phoblach	0	0	4	9	5	18
Buidheann Leasachaidh	2	0	3	12	4	21

3.7.6. Feum air poileasaidh coitcheann airson bhuidhnean a thaobh an uiread de thrèanadh a bu chòir do gach neach dèanamh

À 39 buidhnean, cha robh ach 17 ag aontachadh no ag aontachadh gu làdir gu bheil feum air poileasaidh coitcheann airson bhuidhnean a thaobh an uiread de thrèanadh a bu chòir do gach neach dèanamh. Bha glè fhaisg air an aon àireimh, 15, gun bheachd, agus bha 6 na aghaidh. Tha na toraidhean seo a' sealltainn nach eil na buidhnean cho cinnteach às a' bheachd seo is a tha iad às na beachdan eile a chaidh togail leotha.

Clàr 25: Feum air poileasaidh coitcheann airson bhuidhnean a thaobh an uiread de thrèanadh a bu chòir do gach neach dèanamh

C47 Tha feum air poileasaidh coitcheann airson bhuidhnean a thaobh an uiread de thrèanadh a bu chòir do gach neach a tha an sàs ann an leasachadh càinain/coimhearsnachd dèanamh gach bliadhna.						
	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làdir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	1	6	15	12	5	39
Ùghdarris Phoblach	0	2	7	6	3	18
Buidheann Leasachaidh	1	4	8	6	2	21

3.7.8. Bu chòir do bhuidhnean nàiseanta barrachd cuideim a chur air trèanadh ann an leasachadh càinain is coimhearsnachd

À 39 buidhnean, bha a' mhòr-chuid, 29, ag aontachadh no ag aontachadh gu làdir gum bu chòir do dh' ùghdarris phoblach barrachd cuideim a chur air trèanadh ann an leasachadh càinain is coimhearsnachd. Bha 9 buidhnean (1 às gach 4) ged-thà gun bheachd.

Clàr 26: Bu chòir do bhuidhnean nàiseanta barrachd cuideim a chur air trèanadh ann an leasachadh càin is coimhersnachd

C48 Bu chòir do bhuidhnean trèanaidh nàiseanta barrachd cuideim a chur air trèanadh ann an leasachadh càin is coimhersnachd.

	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làdir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	1	0	9	23	6	39
Ùghdarris Phoblach	0	0	3	12	3	18
Buidheann Leasachaidh	1	0	6	11	3	21

3.7.9. Feum air barrachd airgid/ghoireasan bho bhuidhnean maoineachaidh nàiseanta airson trèanadh ann an leasachadh càin/coimhersnachd

À 39 buidhnean, bha 32 ag aontachadh no ag aontachadh gu làdir leis a' bheachd seo. Bha 6 buidhnean ann a bha gun bheachd, eadar an dà roinn obrach. Chithear seo ann an clàr 27.

Clàr 27: Feum air barrachd airgid/ghoireasan bho bhuidhnean maoineachadh nàiseanta airson trèanadh ann an leasachadh càin/coimhersnachd

C49 Tha feum air barrachd airgid/ghoireasan bho bhuidhnean maoineachaidh nàiseanta airson trèanadh ann an leasachadh càin is coimhersnachd.

	gu tur an aghaidh	an aghaidh	gun bheachd	ag aontachadh	ag aontachadh gu làdir	À
Àireamh Bhuidhnean						
IOMLAN	1	0	6	21	11	39
Ùghdarris Phoblach	0	0	2	11	5	18
Buidheann Leasachaidh	1	0	4	10	6	21

3.8. Co-dhùnaidhean

Tha na toraidhean rannsachaidh airson nan ceisteachan earbsach: thilleadh 41 à 50 ceisteachain, a' riochdachadh ìre-fhreagairt **82%**. Thaghadh buidhnean a tha an lùib ath-bheothachadh na Gàidhlig, le poileasaidh càin aig a' mhòr-chuid no poileasaidh càin ga sgrìobhadh an-dràsta (37 à 41).

Fhuaireadh fios air trèanadh bho àireamhan co-ionnan de dhiofar sheòrsachan bhuidhnean, eadar buidhnean Gàidhlig, buidhnean poblach, ùghdarrasan nàiseanta agus buidhnean carthannais/saor-thoileach: mar sin, bha na toraidhean riochdachail air gach seòrsa buidhne. Fhuaireadh fios cuideachd air obraighean pàighe cho math ri obraighean neo-phàighe (saor-thoileach). Bha e doirbh sgaradh a dhèanamh eadar buidhnean a thaobh a bheil iad 'dùthchail' no a' buntainn ris a' bhaile mhòr, oir chan eil an sgaradh seo an-còmhnaidh ag obair (m.e. Steòrnabhagh = baile caran mòr, ach le mòran sgìrean dùthchail timcheall air), agus cuideachd ged a tha buidheann stèidhichte ann am baile mòr (m.e. CnaG) tha oifisean agus luchd-obrach aca a tha ag obair anns a' bhaile mhòr cho math ri air an dùthaich. Ach bha pàtran ri fhaicinn: tha a' mhòr-chuid de bhuidhnean – agus gu sònraichte obraighean san roinn phoblaich/nàiseanta le prìomh oifis sa bhaile/bhaile mhòr: tha seo na theachdaireachd car

soilleir do luchd-labhairt na Gàidhlig, gu h-àraidh ann an sgìrean iomallach far an robhar a' creidsinn gun robh aig duine ri falbh bho sgìre dhùthchail airson obair fhaighinn.

Sheall an rannsachadh gun robh pàtran agus ceangal ann eadar obraichean sna h-ùghdarrasan poblach, agus am baile/baile mòr agus gun robh ceangal ann gu tric eadar buidhnean carthannais agus buidhnean coimhairsnachd agus an dùthaich.

Mar sin, bha barrachd obraichean pàighte aig buidhnean poblach/nàiseanta/a' bhaile mhòir agus barrachd obraichean neo-phàighte (saor-thoileach) aig buidhnean 'coimhairsnachd'/dùthchail.

Nochd pàtran eile, gu bheil barrachd ann an obraichean pàighte sna h-ùghdarrasan phoblach air trèanadh a dhèanamh/a' dèanamh trèanadh na tha ann an obraichean neo-phàighte no sa choimhairsnachd. Ach a thaobh iarrtais air trèanadh san àm ri teachd, cha robh cus diofair eadar na roinnean a thaobh miann air barrachd trèanaidh.

Bha na buidhnean a thill an ceisteachan a' riodachadh luchd-obrach (pàighte agus neo-phàighte) gu math mòr, agus dhiubh seo, bha 1520 agus 94 daoine ann eadar daoine pàighte agus neo-phàighte a tha ag obair gu sònraichte air rudan a' buntainn ri coimhairsnachdan agus luchd-labhairt na Gàidhlig. Bha a' mhòr-chuid ann an obraichean pàighte sna h-ùghdarrasan poblach, agus bha a' mhòr-chuid aig buidhnean coimhairsnachd neo-phàighte. Tha seo cudromach a thaobh planaidh airson barrachd trèanaidh, gum bithear mothachail air 'dleastanas foirmeil' aig diofar seòrsa luchd-obrach pàighte/neo-phàighte, agus buidseatan airson trèanadh a bha buailteach a bhith gann airson luchd-obrach neo-phàighte.

'S e beachd an luchd-rannsachaidh gur iad seo, an 1520 + 94 luchd-obrach, am prìomhachas a thaobh barrachd chothroman trèanaidh.

Fhuaireadh a-mach cuideachd gu bheil 480 + 82 (pàighte + neo-phàighte) de luchd-obrach san rannsachadh seo a' cleachdadadh na Gàidhlig gu ìre air choireigin nan obair. An taca ri toraidhean a' chunntais-shluagh mu dheireadh, chan eil san àireimh seo ach aon às gach ceud de luchd-labhairt na Gàidhlig; ach feumar cuimhneachadh nach deach bruidhinn san rannsachadh ach ri 50 buidheann le ceangal ri leasachadh Gàidhlig/coimhairsnachd.

Chaidh coimhead air trèanadh a chaidh a dhèanamh mar-thà no a thathar a' dèanamh andràsta ann an Sgilean Gàidhlig, Mothachadh Càinain, Planadh Càinain is Leasachadh Coimhairsnachd. Fhuaireadh a-mach nach do rinn daoine neo-phàighte mòran trèanaidh idir, agus den fheadhainn a rinn, bha iad ag obair aig buidhnean coimhairsnachd. Bha an trèanadh a tha iad a' dèanamh ann an Sgilean Gàidhlig (tro Ùlpan no SMO mar as trice) agus Leasachadh Coimhairsnachd. Chunnacas gun robh a h-uile duine neo-phàighte a tha a' dèanamh trèanadh ann an Sgilean Gàidhlig uile fo sgèith aon bhuidhne (Fèisean nan Gàidheal).

Chithear bhon rannsachadh gun robh triùir às gach ceathrar air trèanadh air choireigin a dhèanamh ann an aon de na sgilean ainmichte sa cheisteachan, ach fhathast bha sin a' fàgail gu bheil aon duine anns gach ceithir nach do rinn trèanadh ann an gin de na ceithir cuspairean.

Bha leth den na buidhnean air trèanadh ann am Planadh Càin a dhèanamh – ma dh'fhaoidte air sgàth 's gun robh aca ri Plana Càin a sgrìobhadh dhan bhuidhinn aca – agus bha a' mhòr-chuid seo ag obair dhan roinn phoblaich. An-dràsta, chan eil duine san t-sampall a' dèanamh trèanadh air Planadh Càin aig buidhnean coimhearsnachd – ged a tha planaichean càin baile msaa mar amas sa *Phlana Chàin Nàiseanta Ghàidhlig*, gu h-àraighe ma tha coimhearsnachdan gu bhith aig cridhe iomairtean ath-bheothachaidh.

Chunnacas san rannsachadh àireamhan àrda airson trèanadh le buidhnean poblach/nàiseanta ann an Sgilean Gàidhlig agus Mothachadh Càin – na bun-chùrsaichean ann am Planadh Càin, saoilidh an sgioba rannsachaide. Bha na rinn an trèanadh seo a' riochdachadh direach aon trian de na buidhnean seo, ged-thà.

A thaobh àireamhan is seòrsa trèanaidh a tha luchd-obrach uile a' dèanamh an-dràsta, fhuaireadh nach eil leth de na buidhnean a' dèanamh trèanadh sam bith an-dràsta. Sna buidhnean poblach, tha a' mhòr-chuid dhiubh a' dèanamh trèanadh airson luchd-obrach pàighe ann an Sgilean Gàidhlig.

Fhuaireadh a-mach gu bheil a' mhòr-chuid de dh'obraichean, a tha a' buntainn gu sònraichte ri leasachadh càin agus coimhearsnachd na Gàidhlig, ann an leasachadh coimhearsnachd agus leasachadh càin sa choimhearsnachd; cha robh mòran ann an leasachadh phoileasaidhean a tha a' buntainn ris na coimhearsnachdan/luchd-labhairt na Gàidhlig.

Bha na h-obraichean a thaobh poileasaidh agus leasachadh càin aig buidhnean poblach; agus bha obraichean ann an leasachadh coimhearsnachd bitheanta gu h-àraighe aig buidhnean carthannais agus buidhnean sa choimhearsnachd.

Den fheadhainn aig an robh obair roimhe a bha a' buntainn ri leasachadh càin/coimhearsnachd, bha a' mhòr-chuid ag obair ann an Leasachadh Coimhearsnachd agus bha na h-obraichean seo mar bu thrice aig buidhnean poblach.

Nochd ùidh mhòr ann an trèanadh, aig gach seòrsa buidhne is airson daoine pàighe agus neophàighe. Tha an ùidh as mothà anns na sgilean bunaiteach, 'bog' a thaobh planadh càin – ann an Sgilean Gàidhlig agus Mothachadh Càin (agus bha trì buidhnean mòra poblach aig cùl an iarrtais seo); ach tha ùidh ann aig gach seòrsa buidhne ann am Planadh Càin agus Leasachadh Coimhearsnachd cuideachd.

B' fheàrr le daoine trèanadh fhaighinn le oide san àite-obrach no san sgìre faisg orra; ach thathar fosailte cuideachd do chothroman trèanaidh a' cleachdad ICT.

Tha poileasaidh trèanaidh aig a' mhòr-chuid de bhuidhnean, is tha am figear nas àirde airson bhuidhnean poblach na airson bhuidhnean coimhearsnachd. Fhuaireadh a-mach nach eil trèanadh riatanach aig buidhnean san fharsaingeachd, agus tha am figear airson bhuidhnean coimhearsnachd gu math nas isle na airson bhuidhnean poblach/nàiseanta.

Le bhith a' cleachdad sgèile Likert, fhuaireadh gu bheil ùidh mhòr aig buidhnean ann a bhith a' leasachadh chothroman trèanaidh. Bhathar ag aontachadh gu bheilear ag iarraidh barrachd chothroman trèanaidh, gu bheil feum air cùrsaichean le teisteanas mar LDL, gum bu chòir don

Bhòrd a bhith a' co-òrdanachadh fios air trèanadh, gu bheil feum air prògram coitcheann airson buidhnean gach bliadhna, agus gum biodh e feumail gu tric nam biodh buidhnean a' tighinn ri chèile airson trèanadh. Bhathar cuideachd taiceil don bheachd gum bu chòir do bhuidhnean nàiseanta a bhith a' cur cuideam air trèanadh, agus gu bheil feum air tuilleadh airgid/ghoireasan bho bhuidhnean nàiseanta airson trèanadh ann an leasachadh cànanis coimhearsnachd. Cha robhar cho taiceil dhan bheachd gum bu chòir poileasaidh coitcheann a bhith ann airson an uiread de thrèanadh a bu chòir do luchd-obrach dèanamh.

Uile gu lèir, fhuaireadh nach deach mòran trèanaidh a dhèanamh ann am mòran de na sgilean a tha a' buntainn ri planadh cànanis gu h-àraidh ach, gu ìre nas lugha, ann an leasachadh coimhearsnachd nas mothà - ged a tha gu leòr a' dèanamh trèanadh ann an litearrachd sa Ghàidhlig. Tha ùidh mhòr aig a h-uile seòrsa buidhne anns gach roinn obrach ann am barrachd trèanaidh, gu h-àraidh ma tha e: **ri fhaighinn aig an taigh; tro neach-trèanaidh no air vc, msaa;** **gu h-àraidh ma bhios tuilleadh taice le co-òrdanachadh prògram trèanaidh bho BnG; agus ma bhios trèanadh ann le taic-airgid a bharrachd dha, bho na buidhnean nàiseanta.**

4. TORAILHEAN 2: AGALLAMHAN

4.1. Ro-ràdh do na h-agallamhan

Mar a thuirteadh ann an 2.3., Dòighean-rannsachaidh, bha cleachdadhe stèidhichte ann airson gach agallaimh, ach bha saorsa ann cuideachd leudachadh a dhèanamh air cuid de phuingean a bha iomchaidh no inntinneach. Bha 13 ceistean ann agus bho na freagairtean seo chaidh sgrùdadhe a dhèanamh air na freagairtean agus na puingean as cudromaiche an uair sin a sheòrsachadh ann an 3 earrainnean:

1. Beachdan air trèanadh a tha ri fhaotainn an-dràsta agus deòin trèanadh a ghabhail os làimh.
2. Sgilean a th' ann agus a tha a dhìth: prìomhachasan
3. Poileasaidhean, co-obrachadh, siostaman-taice agus maoin

4. 2. Trèanadh a tha ri fhaotainn an-dràsta agus deòin trèanadh a ghabhail os làimh

Tha e soilleir bho na h-agallamhan uile nach eil siostam trèanaidh ann an-dràsta co-cheangailte a dh'aona-ghnothaich ri leasachadh Gàidhlig sa choimhhearsnachd ged a tha na buidhnean uile a' gabhail pàirt ann no a' tairgse trèanadh air choireigin. Tha Comunn na Gàidhlig a' cur air dòigh 4 làithean trèanaidh gach bliadhna son nan oifigearan lomairt aca: tha farsaingeachd chuspairean ann an trèanadh CnaG, ach glè bheag dhiubh co-cheangailte ri na cuspairean a chaidh a shònachadh ann an sgeama an rannsachaidh (mothachadh càinain, leasachadh coimhhearsnachd, sgilean Gàidhlig, planadh càinain) - san àbhaist tha cuspairean CnaG gu math practaigeach agus chan eil structar no frèama lìbhrigidh ann. Tha trèanadh ri fhaotainn anns na buidhnean eile cuideachd mar as trice tro shiostaman measaidh bhliadhnaile no nuair a nochdas iarrtas. Anns na comhairlean, tha e follaiseach gu bheil e na dhleastanas aig manaidsearan a bhith a' beachdachadh air na feumalachdan trèanaidh aig daoine anns na measaidhean bliadhnaile (ma tha sin iomchaidh).

Tha ùidh aig na buidhnean gu diofar ìrean ann a bhith a' gabhail pàirt ann an trèanadh eile. Chaidh a thogail aig gach com-pàirtiche anns na h-agallamhan nach eil ùine gu leòr ann an-còmhnaidh son trèanadh agus bha e follaiseach nach fhacas trèanadh mar phriomhachas obrach agus iad uile cho trang. Chaidh a thogail cuideachd dhan fheadhainn a tha ag obair anns na h-Eileanan gu bheil duilgheadasan sònraichte aca a thaobh a bhith a' frithealadh trèanadh mas ann air tìr-mòr a tha e: tha seo gu follaiseach a' cur ri cosgais trèanaidh agus làithean air falbh bhon àite-obrach - agus tha seo a' bualadh gu mòr air daoine a tha ag obair pàirt-ùine.

Chaidh a thogail le CBG nach eil trèanadh ann an-dràsta dha daoine a tha ag obair mar oifigearan planaidh; shaoileadh gum biodh e iomchaidh ionnsachadh mu na tha a' dol ann an àiteachan eile agus nan robh prògram mar sin ann do dhaoine coltach ris-san, gum biodh ùidh aige a dhol ann. Thuit Ceannard CnaG gum biodh ùidh aig a' bhuidhinn sin cuideachd ann am prògram de thrèanadh nan robh an leithid ann, agus nan robh e a' tairgse fiosrachadh agus trèanadh iomchaidh.

4.3 Sgilean a th' ann agus a tha a dhìth: priomhachasan

Bha aonta soilleir ann gu bheil farsaingeachd de sgilean a dhìth son a bhith ag obair ann an leasachadh coimhairsnachd Gàidhlig, agus mar thoradh air sin tha e doirbh dealbh fhaighinn no a chruthachadh air iomlan nan sgilean a tha aig daoine an-dràsta no a tha a dhìth.

Am measg nan sgilean a th' aig luchd-obrach coimhairsnachd a chaidh ainmeachadh, bha na leanas:

ciad-chobhair	dìon-cloinne	rianachd-oifis
rianachd-ghoireasan	obair chunntasachd	stìuireadh phròiseactan
sgilean càinain	obair oighreachd	

A bharrachd air sgilean practaigeach, bha cuid a' bruidhinn air comasan pearsanta a tha riatanach airson obair ann an coimhairsnachd, leithid: math air dèligeadh ri daoine, misneachd, dealas son na h-obrach agus comasan 'diplomataigeach' ged a dh'aithnichear gum biodh e doirbh iad seo a theagast.

Chaidh sgilean càinain aithneachadh leis a h-uile duine mar sgil a tha riatanach agus, gu dearbh, a-mach às a' cheithir (mothachadh càinain, leasachadh coimhairsnachd, sgilean Gàidhlig, planadh càinain), 's dòcha gur e seo an sgil air an robh daoine a' cur barrachd cuideim: chuireadh fàilte air dòigh ùr-nòsach sgilean càinain adhartachadh agus a leasachadh an dà chuid airson feadhainn a tha air ùr-thighinn dhan chànan agus dhan fheadhainn a tha fileanta ach feumach air misneachd. Tha CnES air grunn chùrsaichean càinain a lìbhrigeadh don luchd-obrach, agus bha e follaiseach bhon agallamh gun robh Sgioba na Gàidhlig den bheachd gun robh cur taic ri lìbhrigeadh chùrsaichean Gàidhlig na phàirt mhòr den obair aca agus air an làimh eile, cha robh iad mothachail air iarrtas son trèanadh ann an obair choimhairsnachd tro mheadhan na Gàidhlig.

A thaobh phrìomhachasan, a bharrachd air sgilean càinain, cha robh aonta ann air cuideam nan cuspairean eile am measg nam buidhnean leis an d' rinneadh agallamhan. Cha robh CnaG a' faicinn gun robh mothachadh càinain a' buntainn riutha, seach gu bheil iad ag obair san fharsaingeachd còmhla ri daoine aig a bheil Gàidhlig agus ann an raon-obrach gu math pragtaigeach agus air an adhbhair sin, cha robh mòran suim aca ann an trèanadh ann am planadh càinain nas motha. Chuireadh luach mòr air trèanadh ann an leasachadh coimhairsnachd gus am biodh daoine comasach air a dhol a-mach gu na coimhairsnachdan agus am misneachadh agus gum biodh deagh fhios aca cò air a bha iad a-mach co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus mar a thuirt CnES, mur eil coimhairsnachdan fallain ann le daoine deònach páirt a ghabhail ann an gnothaichean coimhairsnachd, dè am maith a th' ann an leasachadh càinain.

4.4 Maoin, poileasaidhean, co-obrachadh agus siostaman-taice

Tha na buidhnean uile air airgead poblach fhaighinn roimhe airson an cuideachadh le trèanadh a chur air dòigh. Dha trì a-mach às a' cheithir, bhiodh taic-airgid cudromach dhaibh airson a bhith comasach air trèanadh a libhrigeadh: bha na comhairlean, gu sònraichte, mothachail air cothroman a bha iad a' faighinn tro sgeama GLAIF agus den bheachd gun robh uallach air choireigin air Bòrd na Gàidhlig son an cuideachadh.

Chan eil ach na Comhairlean a' leantainn stiùireadh nàiseanta sam bith, ach an uair sin, cha robh CBG uabhasach soilleir dè an seòrsa poileasaidh a bh' ann co-cheangailte ri Gàidhlig: ach nan robh poileasaidh trèanaidh Gàidhlig ann gu nàiseanta, gum biodh ùidh ann agus gum biodh sin freagarrach dhaibh. Chan eil poileasaidhean foirmeil trèanaidh aig CnaG no Stòras Uibhist. Chaidh iomradh a dhèanamh turas no dhà cho aonranach 's a dh'fhaodadh obair choimhairsnachd leis a' Ghàidhlig a bhith: daoine ag obair leotha fhèin air falbh bho choobraichean, no 's dòcha nach eil co-obraichean eile le Gàidhlig anns a' bhuidhinn far a bheil iad ag obair. Mar a shealladh Macleod² roimhe, ma tha neach ag obair anns a' choimhairsnachd gun siostam-taice no trèanadh iomchaidh air a c(h)ùl, dh'fhaodadh droch bhuaidh a bhith aige seo air an neach, agus mar sin an obair.

Co-cheangailte ri cuspair co-obrachaidd, bhathas a' bruidhinn gu tric air 'lìonraidhean'. Chan ionnan lìonraidh agus trèanadh foirmeil ach thàinig e a-mach gu math làidir anns na h-agallamhan (gu sònraichte, ach chan ann a-mhàin, bho CBG) gum biodh e math cothroman a chruthachadh do dhaoine a tha a' dèanamh na h-aon obrach ann an àiteachan fa leth tighinn còmhla (fiù le bhith a' cleachdadadh ghoireasan teicneòlais) airson bruidhinn air an obair aca agus 's dòcha ionnsachadh bho chàch a chèile. Chaidh iomradh a dhèanamh le CBG air lìonraidh airson luchd-planaidh na Gàidhlig, ach cha robh an neach seo air cuireadh oifigeil fhaighinn agus cha robh fhios aige dè am bun-stèidh a bh' air a' bhuidhinn seo ach bha e làidir den bheachd gum biodh rudeigin mar seo feumail. Gu dearbh, dh'ainmicheadh lìonraidhean agus co-obrachadh foirmeil agus neo-fhoirmeil grunn tursan mar dhòigh trèanaidh no co-dhiù cothrom cluinntinn mu dheidhinn eisimpleirean de dheagh-ghnè. Chaidh a dhaingneachadh le co-dhiù dithis gun robh cothroman conaltraidh aig coinneamhan gu math cuideachail agus gun robh cothroman ionnsachaidh an lùib thachartasan den leithid.

Tha tòrr eòlais agus sgilean aig na buidhnean ris an do bhruidhneadh son nan agallamhan agus tha iad mar-thà a' roinn an eòlais seo agus a' toirt comhairle nuair a thèid iarraidh ann an cuid de shuidheachaidhean ach chan eilear an dùil gu bheil e cho math agus as urrainn. Thugadh eisimpleir seachad de bhuidhnean planadh càinain nan Eilean Siar (eadar CnES, CnaG, Bòrd na Gàidhlig, lomairt na Gàidhealtachd msaa a bha uile an sàs ann an cruthachadh Plana Càinain nan

² Macleod, Michelle (2011). "The Human Factor: Community Language Workers and National Strategies" ann an Kirk, J M & Ó Baoill, D P. (deas.) *Strategies for Minority Languages: Northern Ireland, the Republic of Ireland and Scotland*. Beul Feirste: Cló Ollscoil na Banríona.

Eilean Siar [2004]): an sin bha cothroman ionnsachaidh ann bho chàch a chèile ann an suidheachadh gu tur ceangailte ri planadh cànain (a bharrachd air cothroman a thoirt a bhith cinnteach nach robh dùblachadh san obair ann): chan eil seo ann tuilleadh, ach shaoileadh gum biodh e math nan robh e ann.

4.5. Co-dhùnaidhean

Cha robh trèanadh na phrìomhachas aig gin de na buidhnean ged a chuireadh iad uile fàilte air barrachd chothroman trèanaidh nan robh iad ann.

Chuir a h-uile duine luach air cothroman tighinn còmhla airson bruidhinn air an cuid obrach agus an cuid eòlais a roinn agus ionnsachadh bho chàch a chèile: bhathar a' faicinn lònraighean mar dhòigh gus trèanadh fhaighinn no a thoirt seachad ann an dòigh neo-fhoirmeil.

Cha robh trèanadh air planadh cànain na phrìomhachas do dhuine sam bith: gu dearbh cha robh cuid den bheachd gun robh planadh mar sin aig ère coimhearsnachd iomchaidh. Tha comhstòri ann leis seo ged-tà oir aig an aon àm bha daoine mothachail air an fheum a th' ann gus a bhith cinnteach gu bheil daoine a' cruthachadh phlanaichean obrach freagarrach dhaibh fhèin, dhan choimhearsnachd anns a bheil iad ag obair agus a tha a' dol le planadh ro-innleachdail aig ère nàiseanta.

Thuigeadh bho na h-agallamhan gur dòcha gum biodh ùidh aig daoine ann a bhith a' gabhail pàirt ann am prògram de thrèanadh far am b' urrainn do dhaoine grunn chuspairean eadar-dhealaichte a thaghadh. Cha do bhruidhinn duine sam bith air càrsaichean fada, dìreach seiseanan trèanaidh.

Bhathar a' faicinn gun robh uallach aig Bòrd na Gàidhlig gu bhith an sàs gu ère: co-dhiù gus taic airgid a thoirt seachad airson trèanadh agus 's dòcha fiù ann a bhith a' cruthachadh seòrsa de chlár airson trèanadh do bhuidhnean a bhiodh a' dèiligeadh ri grunn chuspairean eadar-dhealaichte.

5. TORAIIDHEAN 3: COTHROMAN TRÈANAIDH: LEASACHADH CÀNAIN/COIMHEARSNACHD

5.1 Dòighean obrach

Tha iomradh seo shìos air cothroman trèanaidh a th' ann do luchd-leasachaидh cànain agus/no coimhearsnachd a leigeas leotha cur ri an sgilean, agus le sin ri ìre proifeiseantachd an cuid obrach. Thathar mothachail, mus bi daoine uidheamaichte airson a dhol an sàs ann an dreuchd sam bith, gum bi feum aca air eòlas is fiosrachadh a dh'ullaicheas iad airson an dreuchd a choileanadh cho proifeiseanta's cho fiosraichte's a ghabhas.

Ann a bhith a' rannsachadh nan cothroman trèanaidh, bhathar mothachail gum feumadh cùrsaichean a bhith a' freagairt air feumalachdan luchd-leasachaидh cànain agus/no coimhearsnachd a tha ann an cosnadh eadar làn-ùine is pàirt-ùine ann an Alba. Air a' bhonn sin, chan eil iomradh an seo air cùrsaichean làn-ùine aghaidh-ri-aghaidh air sàilleabh's nach eil e coltach gum faigheadh luchd-obrach fòrladh bhon dreuchd airson pàirt a ghabhail ann an cùrsa teisteanais, dioplòma, ceuma no iar-cheuma air a lìbhrigeadh air an dòigh sin rè bliadhna no nas fhaide. Chaidh cumail ri mìneachadh car cuingealaichte air "cùrsa" cuideachd, agus chaidh cùrsaichean a sheachnad far nach robh eileamaid air choireigin de theagascg's de mheasadh nan lùib, mar eisimpleir cùrsaichean fèin-stiùridh ann an leasachadh coimhearsnachd. Mar an ceudna, chan eil iomradh air cùrsaichean a tha a dh'aona ghnothaich ag amas air luchd-obrach ann am buidhnean-cobhair eadar-nàiseanta no air daoine a bhiodh ag obair gu ìre mhòr ann an dùthchannan neo-leasaichte an treas saoghail.

Ged-thà, tha iomradh an seo air cùrsaichean pàirt-ùine agus/no air astar, air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig no na Beurla, an dà chuid an Alba's thall thairis, air am biodh cothrom aig luchd-obrach a tha fhathast ann an dreuchd. Chaidh cùrsaichean eadar-nàiseanta a lorg le rannsachadh air-loidhne agus chaidh fiosrachadh a bharrachd a thrusadh tro phost-d no tro chòmhradh ri rianairean nan cùrsaichean air a' fòn.

A thaobh an rannsachaidh air làraichean-lìn oilthighean, cholaistean agus luchd-solarachaidh eile, bha e na dhùbhlàn aig amannan fiosrachadh iomlan, mionaideach a lorg air cruth, prìs, cinn-latha, measadh agus lìbhrigeadh chùrsaichean. Chan eil e coltach gu bheil na h-oilthighean is eile dha-rìribh a' dealbhadh nan làraichean-lìn air dhòigh 's gu bheil e furasta do dhaoine air an taobh a-muigh fiosrachadh a lorg air cùrsaichean a bhios iad a' tabhann a bharrachd air an fheadhainn a tha ag amas air oileanaich aghaidh-ri-aghaidh làn-ùine.

5.2 Iomradh air na Cùrsaichean

Tha fiosrachadh mionaideach mu gach cùrsa freagarrach a chaidh a lorg anns na clàran a leanas a' chaibideil seo, agus tha an earrann seo a' toirt dealbh fharsaing air na tha ga sholarachadh.

Uile gu lèir chaidh 35 cùrsaichean a shònachadh a tha gan lìbhrigeadh an-dràsta agus 3 eile a tha anns an amharc (faic Earrann 5.5.3, Cùrsa 32 seo shìos), aig diofar ìrean agus le diofar

dhòighean lìbhrigidh, agus a' chuid mhòr dhiubh ann an Leasachadh Coimhersnachd. Tha iomradh air na càrsaichean seo shìos.

5.2.1 Leasachadh Coimhersnachd

Aig ère **iar-cheuma**, eadar MA, MS agus MSc, chaidh 3 càrsaichean làn-ùine agus 5 pàirt-ùine a lorg. Mar as trice, ged-thà, tha sùbailteachd ann agus tha e an urra ris an oileanach fhèin an gabh iad càrsaichean os làimh làn- no pàirt-ùine. Tha 6 dhiubh air an lìbhrigeadh air-loidhne agus 2 air astar, agus am bitheantas bidh an dòigh lìbhrigidh a rèir toil an oilleanaich.

Aig ère **PgDip**, chaidh càrsa pàirt-ùine a lorg, air a lìbhrigeadh air astar no aghaidh-ri-aghaidh a rèir toil an oilleanaich.

Aig ère **PgCert**, chaidh 3 càrsaichean pàirt-ùine a lorg, 's iad air an lìbhrigeadh air-loidhne.

Aig ère **ceuma**, eadar BA/BA (Hons) agus BSc, chaidh 3 càrsaichean làn-ùine agus 6 pàirt-ùine a lorg, ach tha sùbailteachd ann far an deach na càrsaichean làn-ùine a shònrrachadh. Tha 3 càrsaichean air an lìbhrigeadh air-loidhne, 4 air astar agus aonan aghaidh-ri-aghaidh, ach a-rithist tha sùbailteachd ann a thaobh dhòighean lìbhrigidh. Tha càrsa ceuma air a sholarachadh tro mheadhan na Gàidhlig le Sabhal Mòr Ostaig agus Colaisde a' Chaisteil, agus faodar an ceum a ghabhail le urram aig Sabhal Mòr Ostaig.

Aig ère **DipHE**, chaidh 3 càrsaichean pàirt-ùine a lorg, 2 dhiubh air an lìbhrigeadh air-loidhne agus aonan air astar.

Aig ère **CertHE**, chaidh 4 càrsaichean làn-ùine agus 9 càrsaichean pàirt-ùine a lorg, ach tha sùbailteachd ann eadar an gabh oilleanaich na càrsaichean os làimh làn- no pàirt-ùine. Tha 8 dhiubh air an lìbhrigeadh air-loidhne agus 2 air astar, agus a-rithist tha sùbailteachd ann a thaobh dhòighean lìbhrigidh.

Aig ère **LDL (CPD)**, chaidh 3 càrsaichean pàirt-ùine a lorg, 2 dhiubh air an lìbhrigeadh air-loidhne agus aonan air astar.

5.2.2 Leasachadh agus Foghlam Coimhersnachd

Aig ère **ceuma**, eadar MEd agus MSc, chaidh càrsa làn-ùine agus 2 chòrsa pàirt-ùine a lorg. Tha an càrsa MSc air a lìbhrigeadh air-loidhne, air astar no aghaidh-ri-aghaidh a rèir toil an oilleanaich, ach chan eil an càrsa MEd ri fhaotainn ach aghaidh-ri-aghaidh, ged a dh'fhaodas oilleanaich a dhèanamh pàirt-ùine.

Aig ère **PgDip**, chaidh càrsa làn-ùine agus 2 chòrsa pàirt-ùine a lorg, air a lìbhrigeadh air-loidhne, air astar no aghaidh-ri-aghaidh a rèir toil an oilleanaich.

5.2.3 Leasachadh Càinain

Aig ère **BA/BA (Hons)**, tha Sabhal Mòr Ostaig agus Colaisde a' Chaisteil a' solarachadh càrsa làn-ùine no pàirt-ùine, air astar no aghaidh-ri-aghaidh, a rèir toil an oilleanaich, agus an càrsa tro mheadhan na Gàidhlig. Gabhaidh ceum le urram dèanamh aig Sabhal Mòr Ostaig.

Aig ìre **MA**, **PgDip** agus **PgCert**, tha cùrsaichean air-loidhne anns an amharc aig Oilthigh Auckland ann an Sealainn Nuadh, ged nach eil iad air tòiseachadh fhathast.

Aig ìre **LDL**, tha buidheann IAITH anns a' Chuimrigh a' solarachadh taghadh de chùrsaichean goirid làn-ùine, aghaidh-ri-aghaidh a rèir feumalachdan bhuidhnean leasachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig a' solarachadh cùrsa pàirt-ùine, air astar tro mheadhan na Gàidhlig.

5.3 Co-dhùnaidhean

Cha ghabh a bhith cinnteach a bheil an clàr seo buileach iomlan, a thaobh nan cùrsaichean eadar-nàiseanta co-dhiù. Le barrachd ùine, tha fhios gun rachadh cùrsaichean eile a lorg, ach thathar den bheachd gu bheil an clàr seo a' riochdachadh agus a' taisbeanadh cuibhreann iomchaidh de na tha ri fhaotainn, gu h-àraidh a thaobh leasachadh coimhairsnachd agus gu seachd àraidh a thaobh foghlam coimhairsnachd.

Chuir e iongnadh air an luchd-rannsachaidh nach deach barrachd chùrsaichean a lorg ann an leasachadh càinain, gach cuid am Breatainn 's an Èirinn 's nas fhaide air falbh. O chionn dà bhliadhna air ais rinneadh an aon rannsachadh ann an dòigh mhì-fhoirmeil an cois leasachadh chùrsaichean aig Sabhal Mòr Ostaig, agus chaidh grunnan chùrsaichean air leasachadh càinain a lorg an uair sin ach, ann an Èirinn co-dhiù, tha na bh' ann dhiubh air crònadh, a rèir aithris air sàilleabh dìth iarrtais ri linn gaiseadh eaonamach na dùthcha. Mar eisimpleir dhiubh sin tha cùrsaichean leasachadh càinain *Fiontar* aig Dublin City University.

Mar a thuirte mar-thà, ri linn an rannsachaidh seo chaidh mòran chùrsaichean a lorg thall thairis air leasachadh coimhairsnachd, 's gun ach aonan air leasachadh càinain a tha ri fhaotainn air astar. Tha e soilleir ma-thà gu bheil beàrn mhòr anns a' mhargaidh airson chùrsaichean air leasachadh càinain gu sònraichte. Bhon a rinn Joshua Fishman (1991) an obair iomraiteach aige air Ath-thionndadh Gluasad Càinain, ghabh iomadh eòlaiche air feadh an t-saoghail ri rannsachadh air leasachadh càinain (faic Tùsan), agus chaidh mòran eòlais a chur ris an raon, ach gu ìre mhòr tha an t-eòlas sin gun tighinn a-steach dhan dreuchd no dha na daoine a tha ag obair bho latha gu latha ann an ath-bheothachadh càinain. Chithear bhon rannsachadh seo gu bheil obair mhòr ga gabhail os làimh gu h-eadar-nàiseanta gus leasachadh coimhairsnachd a thogail mar dhreuchd phroifeiseanta agus gu bheil farsaingeachd de chùrsaichean ga solarachadh air a' chuspair aig gach ìre.

Cha chante an aon rud mu leasachadh càinain idir ged-thà, a rèir an dàta a gheibhear seo shìos co-dhiù, ged a tha na h-eòlaichean a th' air an ainmeachadh am measg nan tùsan ag aontachadh nach soirbhich le ath-bheothachadh mion-chàin mura cuirear an t-ath-bheothachadh air stèidh fhiosraichte, phroifeiseantach. Chan eil fianais eadar-nàiseanta ann à àite sam bith aig àm sam bith gun do shoirbhich le iomairt ath-bheothachaidh mion-chàin riamh a bha stèidhte air obair dhaoine gun trèanadh, gun eòlas, agus air sàilleabh sin thathar a' moladh gum bi an dearbh thrèanadh is eòlas sin ri thabhan air luchd-leasachaidh càinain an Alba.

5.4 Clàr de na Cùrsaichean

Tha na cùrsaichean a chaidh a lorg air an ainmeachadh fa leth anns na clàran a leanas far am faighear fiosrachadh mu ainm a' chùrsa agus an teiseantanais; ainm is seòladh an t-solarache; cuspairean no modalan; buidheann bharrantachaidh; faid agus dòigh libhridh; cosgais; agus barrantas inntrigidh. Tha na cùrsaichean air an liostachadh a rèir seòrsa (Leasachadh Coimhearsnachd, Leasachadh agus Foghlam Coimhearsnachd, Leasachadh Càinain) agus ire (ceum iar-cheuma, dioplòma iar-cheuma, teisteanas iar-cheuma, ceum, dioplòma, teisteanas, LDL).

5.4.1 Leasachadh Coimhearsnachd

1	MA in Community Development
Cò leis	University of Victoria, Canada
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.uvic.ca/hsd/publicadmin/programs/graduate/mainCommunityDevelopment/macd@uvic.ca
Cuspairean	Riatanach: Anchoring a Change Agenda: Foundations; Leadership in Organizational and Community Development; Practices and Perspectives on Forging Change; Community Based Research Foundations; Enterprise Development for Community Benefit; Leadership, Management and Governance within Organizations; Managing Organizations, Systems and Community Transformations; Program/Project Design, Management and Evaluation; Agenda from Social Change: Moving Forward.
Barrantachadh	University of Victoria
Cuin is Tricead	An ath inntrigeadh, An Cèitean, 2013.
Faid	Thèid am MA a chriochnachadh ann an dà bhliadhna.
Dòigh Libhridh	Air-loidhne agus dà bhùth-obrach an làthair air àrainn an oilthigh. Tha tràchdas maighstireachd riatanach.
Cosgais	>\$15,000 Canadach
Barrantas Inntrigidh	Ceithir bliadhna de dh'eòlas ag obair ann an leasachadh coimhearsnachd; BA le 5.0 (B) na àbhaist anns an dà bhliadhna mu dheireadh.

2	Master of Professional Studies in Community and Economic Development
Cò leis	Pennsylvania State University, USA
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	http://www.worldcampus.psu.edu/degrees-and-certificates/community-and-economic-development-masters/ CEDEV Graduate Program at Pennsylvania State University, 305 Armsby Building, University Park, PA 16802, USA cedevinfo@psu.edu
Cuspairean	Cuspairean a' chùrsa: perspectives on development, democracy, and decision making; economic development planning; structures and processes of communities and community organizations; land use, population change, and municipal finance; leadership in communities and nonprofit organizations; methods and techniques of community and economic development
Barrantachadh	Pennsylvania State University, USA
Cuin is Tricead	15 an Ògmhios, 30 an t-Sultain, neo 1 an Giblean.
Faid	Feumar 30 creideasan uile gu lèir, sùbailte.
Dòigh Lìbhrigidh	Air-loidhne
Cosgais	\$22,080 US + cìsean.
Barrantas Inntrigidh	BA le 3.0 (B) na àbhaist anns an dà bhliadhna mu dheireadh.

3	MS Community Development
Cò leis	Eadar Kansas State University, Iowa State University, North Dakota State University, University of Missouri, University of Nebraska agus South Dakota State University
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	http://www.hsidea.org/programs/cdev/ http://www.ndsu.edu/dce/degrees/graduate/ms_ma_comdev/
Cuspairean	Riatanach: Community Development. Speisealaichte: working with native communities; natural resource management; building economic capacity; non-profit leadership
Barrantachadh	Kansas State University, Iowa State University, North Dakota State University, University of Missouri, University of Nebraska, agus South Dakota State University
Cuin is Tricead	Inntrigeadh trì tursan gach bliadhna: 1 Ògmhios, 1 Dàmhair, 1 Màrt
Faid	Mholadh eadar 3 agus 6 creideasan gach semester, tri semester gach bliadhna.
Dòigh Lìbhrigidh	air-loidhne
Cosgais	36 creideasan uile gu lèir, air \$485 gach creideas.
Barrantas Inntrigidh	Caochadh bho oilthigh gu oilthigh ach BA le comharraighean 3.0 na h-àbhaist.

4	MSc Advanced Community Development
Cò leis	Oilthigh Għlaschu & International Association for Community Development (IACD)
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	http://www.gla.ac.uk/postgraduate/taught/advancedcommunitydevelopment/?gclid=CKSIvoDaybUCFYY92wodLEUAtw . Dave.Beck@glasgow.ac.uk
Cuspairean	Social theories for advanced community development; Critical issues in community development; Global models of practice; Research methods; Advanced community development practice
Barrantachadh	Oilthigh Għlaschu
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	24 mìosan pàirt-ùine
Dòigh Lìbhridh	air-loidhne & teagasc air astar
Cosgais	£528 gach 20 creideas (180 creideas gu lèir) UK & EU = £4,752
Barrantas Inntrigidh	Ceum sam bith + 2 bhliadhna ag obair san raon

5	MSc Management for Sustainable Development
Cò leis	Dublin City University
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.dcu.ie oscaill@dcu.ie
Cuspairean	strategic management, project management and risk assessment. students carry out research on a range of focused topics, involving data collection, critical analysis, interpretation and to present them in a report format.
Barrantachadh	DCU
Cuin is Tricead	Sultainn & Faoilleach
Faid	2 bhliadhna + tràchdas
Dòigh Lìbhridh	Pàirt-ùine, air astar & air-loidhne
Cosgais	€9,425
Barrantas Inntrigidh	Proifeiseantaich san raon

6	PgDip Management for Sustainable Development
Cò leis	Dublin City University
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.dcu.ie oscaill@dcu.ie
Cuspairean	strategic management, project management and risk assessment. students carry out research on a range of focused topics, involving data collection, critical analysis, interpretation and to present them in a report format.
Barrantachadh	DCU
Cuin is Tricead	Sultainn & Faoilleach
Faid	2 bhliadhna
Dòigh Lìbhridh	Pàirt-ùine, air astar & air-loidhne
Cosgais	€7,540
Barrantas Inntrigidh	Proifeiseantaich san raon

7	Graduate Certificate in Community and Economic Development
Cò leis	Pennsylvania State University, USA
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	http://www.worldcampus.psu.edu/degrees-and-certificates/community-and-economic-development-certificate/ CEDEV Graduate Program at Pennsylvania State University, 305 Armsby Building, University Park, PA 16802, USA cedevinfo@psu.edu
Cuspairean	Cuspairean a' chùrsa: citizen participation; effective decision making in communities; evaluating causes and consequences of economic and population change; job creation, retention and expansion, and entrepreneurship; land use and sustainable development; community structure and processes that affect development and well-being
Barrantachadh	Pennsylvania State University, USA
Cuin is Tricead	1 an t-luchar, 1 an t-Samhain, neo 1 an Giblean.
Faid	Feumar 15 creideasan uile gu lèir, sùbailte.
Dòigh Lìbhrigidh	Air-loidhne
Cosgais	\$11,445 US + cìsean.
Barrantas Inntrigidh	BA, le sia creideasan anns na saidheansan sòisealta, trì ann an soiseòlas agus trì ann an eacnamaics

8	Professional Certificate in Community Development
Cò leis	Sam Houston State University, Texas, USA
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	Department of Sociology, Sam Houston State University, Box 2446, Huntsville, Texas 77341-2446 001-936-294-1512 http://www.shsu.edu/~soc_www/Certificate/Certificate.html
Cuspairean	Riatanach: Research Proposal Writing; Program Evaluation and Impact Assessment; Research Methods; Applied Research Methods Roghainneil: Community; Community Health; Environment and Natural Resource
Barrantachadh	Texas State University
Cuin is Tricead	The ceithir semester aig Sam Houston State University, agus thathar a' gabhail ri oilleanaich ùra gach semester.
Faid	Feumar 15 'uairean' de chreideasan uile gu lèir.
Dòigh Lìbhrigidh	Air-loidhne
Cosgais	\$6470 US
Barrantas Inntrigidh	BA le 2.5 (C) na àbhaist.

9	Graduate Certificate in Social Entrepreneurship and Community Development
Cò leis	School of Community Resources and Development, Arizona State University
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	<p>http://scrd.asu.edu/programs/certificates/online-graduate-certificate-in-social-entrepreneurship-and-community-development</p> <p>School of Community Resources and Development 411 N. Central Ave. Suite 550 Phoenix, AZ 85004-0685</p>
Cuspairean	<p>Riatanach: Social Entrepreneurship; Community and Social Innovations; Financial Management in Non-profit Organizations; Applied Project</p> <p>Roghainneil: Program Evaluation and Information Management no Grant Writing for Non-profit Organizations</p>
Barrantachadh	Arizona State University
Cuin is Tricead	Tha siostam trì semester aig Arizona State University, le inntrigeadh anns gach semester.
Faid	Feumar 15 'uairean' de chreideasan uile gu lèir.
Dòigh Lìbhrigidh	Air-loidhne
Cosgais	\$6945 US
Barrantas Inntrigidh	BA le B na àbhaist.

10	BA/BA (Hons) Gàidhlig agus Leasachadh
Cò leis	Sabhal Mòr Ostaig
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd/Cànan
Seòladh	<p>www.smo.uhi.ac.uk</p> <p>iarrtas@smo.uhi.ac.uk (Eilidh Ghrannd)</p>
Cuspairean	<p>A' Ghàidhlig an-Dè agus an-Diugh; Saoghal na Gàidhlig 2; Cànan, Cultar 's Cinnidheachd; Iomall a' Chuain Siar an-Diugh; Leasachadh air a' Ghàidhealtachd; Eachdraidh Shòisealta na Gàidhealtachd; Poileasaidh is Plana Cànan 1; Mothachadh Cànan; Leasachadh Coimhearsnachdan Gàidhlig: Sgilean Practaigeach; Coimhearsnachdan san 21mh Linn; Nàiseantachd agus Fèin-aithne Nàiseanta; Tràchdas (urram)</p>
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn; 3 bliadhna (ceum); 4 bliadhna (ceum le urram)
Faid	12 seachdain gach modal
Dòigh Lìbhrigidh	Làn-ùine & Pàirt-ùine, an làthair & air astar
Cosgais	£1,820 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	Ceum: 5 SQA (3 H); CertHE: 5 SQA (2 H)

11	BA Gàidhlig agus Leasachadh
Cò leis	Colaisde a' Chaisteil
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd/Cànan
Seòladh	www.lews.uhi.ac.uk [admissions@lews.uhi.ac.uk]
Cuspairean	A' Ghàidhlig an-Dè agus an-Diugh; Saoghal na Gàidhlig 2; Cànan, Cultar's Cinnidheachd; Iomall a' Chuain Siar an-Diugh; Leasachadh air a' Ghàidhealtachd; Eachdraidh Shòisealta na Gàidhealtachd; Poileasaidh is Plana Cànan 1; Mothachadh Cànan; Leasachadh Coimhearsnachdan Gàidhlig: Sgilean Practaigeach; Coimhearsnachdan san 21mh Linn; Nàiseantachd agus Fèin-aithne Nàiseanta.
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn; 3 bliadhna
Faid	12 seachdain gach modal
Dòigh Lìbhrigidh	Làn-ùine & Pàirt-ùine, an làthair & air astar
Cosgais	£1,820 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	Ceum: 5 SQA (3 H); CertHE: 5 SQA (2 H)

12	BA Community Regeneration
Cò leis	Oilthigh Dhùn Deagh
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.dundee.ac.uk/admissions/distance_learning/courses/professional_development_community_regeneration_ba.htm eswce-apply@dundee.ac.uk NO m.naulty@dundee.ac.uk (Mike Naulty)
Cuspairean	Riatanach: Leading Inquiry; Professional Project. Speisealaichte: Community Regeneration; Engaging Communities
Barrantachadh	Oilthigh Dhùn Deagh
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	2-6 bliadhna pàirt-ùine air astar
Dòigh Lìbhrigidh	air-loidhne + seminar ma bhios oilleanaich gu leòr ann
Cosgais	£5,940 (UK & EU) gu leir
Barrantas Inntrigidh	Teisteanas dreuchdail NO Eòlas air an raon AGUS luach 240 creideasan

13	Bachelor of Arts in Community Development
Cò leis	Murdoch University, Perth, Australia
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	http://www.murdoch.edu.au/Courses/Community-Development/
Cuspairean	Riatanach: Introduction to Community Development; Sociology and Everyday Life; Ideas in Action; Community Work across Sites, Settings and Peoples; Creative Ways to Work with Community; Projects in Community Development; Community and Social Policy; Social Research Methods; agus taghadh de mhodalan roghainneil.
Barrantachadh	Murdoch University
Cuin is Tricead	Siostam dà shemester, a' tòiseachadh meadhan a' Ghearrain agus meadhan an luchair, le cothrom tòiseachaidh anns gach semester.
Faid	Trì bliadhna.
Dòigh Lìbhrigidh	Air-loidhne
Cosgais	\$61500 AUD
Barrantas Inntrigidh	"GCE A-Level: At least 7 points over the best 2 or 3 subjects at H2 level"

14	BSc Rural Development
Cò leis	NUI Maynooth
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	adulteducation.nuim.ie/courses/RuralDevelopment.shtml michael.kenny@nuim.ie
Cuspairean	Socio-economic aspects of rural development; Rural sociology, economics & development theory & practice; Project planning, project development & information technology; Public and social policy processes; Community education & development; Quantitative and qualitative research methods; Private, community & alternative rural modeling & management; Financial analysis & planning; Research project; Personal & groups work in rural development; Marketing & enterprise in rural development; Trans-national, national, regional & area development; Social exclusion, gender & equality issues in rural development
Barrantachadh	NUI
Cuin is Tricead	Sultainn
Faid	4 bliadhna
Dòigh Libhrigidh	Pàirt-ùine, air astar
Cosgais	€5,160 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	23+ bliadhna a dh'aois; agallamh

15	BSc (Hons) Rural Development
Cò leis	University College Cork
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	http://www.ucc.ie/en/study/undergrad/what/sefs/ruraldev/ mary.oshaughnessy@ucc.ie
Cuspairean	Marketing for Rural Enterprise; Setting up a Rural Development Organisation; Stimulating Rural Enterprise; Interpersonal Communications; Designing & Managing an Area Development Plan; Gender Equality Issues in Rural Development; Fieldwork Project; SME Development; Project Planning & Development; Information Technology; Public & Social Policy Processes; Rural Labour Markets; Community Education; Socio-Economic Research
Barrantachadh	UCC
Cuin is Tricead	Sultainn
Faid	4 bliadhna co-dhiù (ceum le urram)
Dòigh Libhrigidh	Pàirt-ùine, air astar, air-loidhne
Cosgais	€5,150 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	Mature student access programme do dhaoine a tha an sàs anns an raon

16	DipHE Rural Development
Cò leis	NUI Maynooth
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	adulteducation.nuim.ie/courses/RuralDevelopment.shtml [michael.kenny@nuim.ie]
Cuspairean	Socio-economic aspects of rural development; Personal & groups work in rural development; Marketing & enterprise in rural development; Trans-national, national, regional & area development; Social exclusion, gender & equality issues in rural development [11 modalan gu lèir]
Barrantachadh	NUI
Cuin is Tricead	Sultainn
Faid	2 bhliadhna
Dòigh Lìbhrigidh	Pàirt-ùine, air astar
Cosgais	€5,160 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	23+ bliadhna a dh'aois; agallamh

17	Dip HE Rural Development
Cò leis	University College Cork
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.ucc.ie/en/study/undergrad/what/sefs/ruraldev/ [mary.oshaughnessy@ucc.ie]
Cuspairean	Marketing for Rural Enterprise; Setting up a Rural Development Organisation; Stimulating Rural Enterprise; Interpersonal Communications; Designing & Managing an Area Development Plan; Gender Equality Issues in Rural Development; Fieldwork Project; SME Development; Project Planning & Development; Info Technology; Public & Social Policy Processes; Rural Labour Markets; Community Education; Socio-Economic Research
Barrantachadh	UCC
Cuin is Tricead	Sultainn
Faid	2 bhliadhna
Dòigh Lìbhrigidh	Pàirt-ùine, air astar, air-loidhne
Cosgais	€5,150 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	Mature student access programme do dhaoine a tha an sàs anns an raon

18	Dip HE Community Regeneration
Cò leis	Oilthigh Dhùn Deagh
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.dundee.ac.uk/admissions/distance_learning/courses/professional_development_community_regeneration_ba.htm [eswce-apply@dundee.ac.uk (Mike Naulty)]
Cuspairean	Leading Inquiry; Project; Community Regeneration; Engaging Communities
Barrantachadh	Oilthigh Dhùn Deagh
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	2-4 bliadhna pàirt-ùine air astar
Dòigh Lìbhrigidh	air-loidhne + seminar ma bhios oilleanach gu leòr ann
Cosgais	£3,960 (UK & EU) gu lèir
Barrantas Inntrigidh	Teisteanas dreuchdail NO Eòlas air an raon AGUS luach 120 creideasan

19	Integrated Online Diploma in Community Based Adaptation, Disaster Risk Reduction & Rural Development
Cò leis	The Center for Sustainable Development
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	http://www.csd-i.org/ol-440-diploma-drr-cba-dev/
Cuspairean	Community Based Adaptation 1-4. Food Security, Nutrition, and Home Gardens 1+2; Participatory M&E; Livelihood Resilience; Water Conservation & Management; Climate Smart Agricultural Practices; Community Based Disaster Risk Assessment, Reduction & Preparedness; Small Island Developing States & Climate Change
Barrantachadh	NA
Cuin is Tricead	Cùrsaichean ùra a' tùiseachadh gach dà mhìos.
Faid	12-16 mìosan.
Dòigh Lìbhrigidh	air-loidhne, le leabhrachaean obrach, tionnsgnaidhean co-obrachail agus blogaichean.
Cosgais	\$1,400 US.
Barrantas Inntrigidh	NA

20	Cert HE Community Regeneration
Cò leis	Oilthigh Dhùn Deagh
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.dundee.ac.uk/admissions/distance_learning/courses/professional_development_community_regeneration_ba.htm [eswce-apply@dundee.ac.uk]
Cuspairean	Leading Inquiry; Professional Project; Community Regeneration; Engaging Communities
Barrantachadh	Oilthigh Dhùn Deagh
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	2 bhliadhna pàirt-ùine air astar
Dòigh Lìbhrigidh	air-loidhne + seminar ma bhios oileanaich gu leòr ann
Cosgais	£1,980 (UK & EU) gu lèir
Barrantas Inntrigidh	Teisteanas dreuchdail NO Eòlas air an raon AGUS 3 Àrd-ìrean

21	Colorado State University Certificate in Community-based Development
Cò leis	Colorado State University agus Village Earth
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	villageearth.org/training-and-consulting/online kristina@villageearth.org [001-970-237-3002 ext. 503]
Cuspairean	4 modalan: Approaches to Community Development. Community Mobilization, Micro-finance & the Role of Women, Participatory Research and Development, Community-Based Organizing, Community-Driven Dispute Resolution agus eile.
Barrantachadh	Colorado State University Department of Continuing Education Online Plus
Cuin is Tricead	Modalan a' tùiseachadh as ùr gach ràith agus gu leantainneach
Faid	Gach modal, còig seachdain, mu 20 uair a thìde
Dòigh Lìbhrigidh	seminar, air-loidhne, tron VLE Blackboard
Cosgais	Ceithir modalan, \$390 gach modal.
Barrantas Inntrigidh	NA

22	Certificate in Community Development
Cò leis	Unite For Sight's Global Health University
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.uniteforsight.org/community-development/
Cuspairean	Taghadh de chòig diofar càrsaichean: Communities and Development; Poverty and Development; Precursors to Development; Participation and Development; How "Development" is Done: The ABCD Approach
Barrantachadh	NA
Cuin is Tricead	Uair sam bith.
Faid	Eadar 2 agus 9 modalan anns gach càrsa, thèid an dèanamh aig astar an oilleanaich.
Dòigh Lìbhrigidh	air-loidhne
Cosgais	65
Barrantas Inntrigidh	NA

23	Certificate in Community Engagement, Leadership, and Development
Cò leis	The G. Raymond Chang School of Continuing Education, Ryerson University, Toronto
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.ryerson.ca/ce/community
Cuspairean	Riatanach: Leading Through Change; Community Engagement Foundations; Community Engagement Practices; Engaging Diverse Communities; Community Engagement Capstone; agus aon mhodal roghainneil.
Barrantachadh	Ryerson University
Cuin is Tricead	Trì semester gabh bliadhna, le càrsaichean a' tòiseachadh gach semester.
Faid	Feumar 6 modalan a choileanadh. Feumar criochnachadh taobh a-staigh 6 bliadhna.
Dòigh Lìbhrigidh	air-loidhne
Cosgais	\$3,360 Canadach
Barrantas Inntrigidh	Gabhaidh iad ri oilleanaich inbheach le eòlas san raon.

24	Certificate in Community Development
Cò leis	Fort Hays State University, Kansas, USA
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	001-785-628-5840
Cuspairean	Riatanach: Community Theory and Development; Sociology of Urban and Rural Areas no Demography; Grant Proposal Development no Introduction to Geographic Information Systems
Barrantachadh	Fort Hays State University, Kansas, USA
Cuin is Tricead	Tha trì semester aig Fort Hays, le modalan a' tòiseachadh gach semester.
Faid	Feumar 9 creideasan, tri creideasan gach modal, sùbailte.
Dòigh Lìbhrigidh	Air-loidhne: CD-ROM, DVDs, aghaidh-ri-aghaidh, IPTV.
Cosgais	\$1604.70 US
Barrantas Inntrigidh	Teisteanas àrd-sgoile le 2.5 (C) na àbhaist.

25	LDL Leasachadh Coimhearsnachd
Cò leis	Sabhal Mòr Ostaig
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.smo.uhi.ac.uk ; astar@smo.uhi.ac.uk
Cuspairean	A' Ghàidhlig an-dè 's an-diugh; Poileasaidh is Plana Càinain 1
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn & Faoilleach
Faid	12 seachdain gach modal
Dòigh Lìbhrigidh	Pàirt-ùine, air astar
Cosgais	£215 gach modal luach 20 Scotcat
Barrantas Inntrigidh	Gabhaidh iad ri oileanaich gun teisteanas

26	CPD Sustainable Development
Cò leis	Colaisde a' Chaisteil
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.uhi.ac.uk/ruralstudies roddy.murray@lews.uhi.ac.uk
Cuspairean	Introduction to Sustainable Rural Development NO Introduction to Global Environmental Issues; Local Economic Development NO Sustainable Tourism and the Environment; Globalisation & Sustainable Development NO Climate Change; 3 X 15 (?) Scotcat
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn & Faoilleach
Faid	15 seachdainean gach modal
Dòigh Lìbhrigidh	Pàirt-ùine; air-loidhne
Cosgais	£215 gach modal luach 20 Scotcat
Barrantas Inntrigidh	Gabhaidh iad ri oileanaich gun teisteanas

27	CPD Social and Community Development
Cò leis	Colaisde a' Chaisteil
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd
Seòladh	www.uhi.ac.uk/ruralstudies roddy.murray@lews.uhi.ac.uk
Cuspairean	Introduction to Sustainable Development NO Empowering Communities; Local Economic Development NO Rural & Community Leadership; Social Enterprise and the Big Society NO Engaging with External Agencies. [3 modalan]
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn & Faoilleach
Faid	15 seachdainean gach modal
Dòigh Lìbhrigidh	Pàirt-ùine; air-loidhne
Cosgais	£215 gach modal luach 20 Scotcat
Barrantas Inntrigidh	Gabhaidh iad ri oileanaich gun teisteanas

5.4.2 Leasachadh agus Foghlam Coimhearsnachd

28	MEd Community Learning and Development
Cò leis	Oilthigh Għlaschu
Eòlas	Leasachadh agus Fogħlam Coimhearsnachd
Seòladh	www.gla.ac.uk/media/media_107107_en.pdf [Dave.Beck@glasgow.ac.uk]
Cuspairean	Models of community & development; Social theories for community learning & development; Empowerment strategies for community learning & development; Educational approaches to community learning & development; Practice placement; Research project
Barrantachadh	Oilthigh Għlaschu + Community Learning and Development Standards Council
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	12 mìosan làn-ùine; 24 pàirt-ùine
Dòigh Lìbhrigidh	an làthair
Cosgais	£528 gach 20 creideas (180 creideas gu lèir) UK & EU = £4,752
Barrantas Inntrigidh	Ceum

29	MSc Community Learning and Development
Cò leis	Oilthigh Obar Dheathain
Eòlas	Leasachadh agus Fogħlam Coimhearsnachd
Seòladh	www.abdn.ac.uk/prospectus/pgrad/study/taught/community_development/education@abdn.ac.uk
Cuspairean	Professional Enquiry and Development (30 credits SCQF Level 11) Practice Modules 1 - 4 (15 credits per module at SCQF Level 11) Negotiated Extended Study (30 credits SCQF Level 11) Extended Professional Project (60 credits SCQF Level 11)
Barrantachadh	Oilthigh Obar Dheathain
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	1,800 uairean a thidé pàirt-ùine
Dòigh Lìbhrigidh	an làthair, air-loihne, san dreuchd
Cosgais	£350 gach 15 creideasan (180 creideas gu lèir) UK & EU = £4,200
Barrantas Inntrigidh	Eòlas air an raon. Fianais air comasan rannsachaidh

30	PGDip Community Learning and Development
Cò leis	Oilthigh Għlaschu
Eòlas	Leasachadh agus Fogħlam Coimhearsnachd
Seòladh	www.gla.ac.uk/media/media_107107_en.pdf [Dave.Beck@glasgow.ac.uk]
Cuspairean	Models of community & development; Social theories for community learning & development; Empowerment strategies for community learning & development; Educational approaches to community learning & development; Practice placement
Barrantachadh	Oilthigh Għlaschu + Community Learning and Development Standards Council
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	9 mìosan làn-ùine; 18 pàirt-ùine
Dòigh Lìbhrigidh	an làthair
Cosgais	£528 gach 20 creideas (120 creideas gu lèir) UK & EU = £3,168
Barrantas Inntrigidh	Ceum

31	PGDip Community Learning and Development
Cò leis	Oilthigh Obar Dheathain
Eòlas	Leasachadh agus Foghlam Coimhersnachd
Seòladh	www.abdn.ac.uk/prospectus/pgrad/study/taught/community_development/education@abdn.ac.uk
Cuspairean	Professional Enquiry and Development (30 credits SCQF Level 11) Practice Modules 1 - 4 (15 credits per module at SCQF Level 11) Negotiated Extended Study (30 credits SCQF Level 11)
Barrantachadh	Oilthigh Obar Dheathain
Cuin is Tricead	Aig toiseach na bliadhna acadaimigich
Faid	1,200 uairean a thìde pàirt-ùine
Dòigh Lìbhrigidh	an làthair, air-loidhne, san dreuchd
Cosgais	£350 gach 15 creideasan (120 creideas gu lèir) UK & EU = £2,800
Barrantas Inntrigidh	Eòlas air an raon. Fianais air comasan rannsachaidh

5.4.3 Leasachadh Cànanin

32	Postgraduate Certificate, Postgraduate Diploma no Master of Arts in Language Revitalisation
Cò leis	International Centre for Language Revitalisation, Auckland University of Technology, New Zealand
Eòlas	Leasachadh Cànanin
Seòladh	http://languagerevive.org/about-us/study/ info@languagerevive.org 0064 (0) 9 921 9999 x 6526
Cuspairean	Cuspairean a chaidh a mholadh: Ath-bheothachadh Cànanin, Teòiridh agus Gniomh; Dealbhadh Cànanin; Modhan Rannsachaидh; Oideachais Cànanin; Cànanan fo Chunnart; Poileasaidh Cànanin.
Barrantachadh	Auckland University of Technology
Cuin is Tricead	ga rannsachadh an-dràsta
Faid	ga rannsachadh an-dràsta
Dòigh Lìbhrigidh	Air-loidhne
Cosgais	ga rannsachadh an-dràsta
Barrantas Inntrigidh	ga rannsachadh an-dràsta

33	BA/BA (Hons) Gàidhlig agus Leasachadh
Cò leis	Sabhal Mòr Ostaig
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd/Cànan
Seòladh	www.smo.uhi.ac.uk [iarrtas@smo.uhi.ac.uk (Eilidh Ghrannnd)]
Cuspairean	A' Ghàidhlig an-Dè agus an-Diugh; Saoghal na Gàidhlig 2; Cànan, Cultar 's Cinnidheachd; Iomall a' Chuain Siar an-Diugh; Leasachadh air a' Ghàidhealtachd; Eachdraidh Shòisealta na Gàidhealtachd; Poileasaidh is Plana Cànan 1; Mothachadh Cànan; Leasachadh Coimhearsnachdan Gàidhlig: Sgilean Practaigeach; Coimhearsnachdan san 21mh Linn; Nàiseantachd agus Fèin-aithne Nàiseanta; Tràchdas (urram)
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn; 3 bliadhna (ceum); 4 bliadhna (ceum le urram)
Faid	12 seachdain gach modal
Dòigh Libhrigidh	Làn-ùine & Pàirt-ùine, an làthair & air astar
Cosgais	£1,820 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	Ceum: 5 SQA (3 H); CertHE: 5 SQA (2 H)

34	BA Gàidhlig agus Leasachadh
Cò leis	Colaisde a' Chaisteil
Eòlas	Leasachadh Coimhearsnachd/Cànan
Seòladh	www.lews.uhi.ac.uk [admissions@lews.uhi.ac.uk]
Cuspairean	A' Ghàidhlig an-Dè agus an-Diugh; Saoghal na Gàidhlig 2; Cànan, Cultar 's Cinnidheachd; Iomall a' Chuain Siar an-Diugh; Leasachadh air a' Ghàidhealtachd; Eachdraidh Shòisealta na Gàidhealtachd; Poileasaidh is Plana Cànan 1; Mothachadh Cànan; Leasachadh Coimhearsnachdan Gàidhlig: Sgilean Practaigeach; Coimhearsnachdan san 21mh Linn; Nàiseantachd agus Fèin-aithne Nàiseanta.
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn; 3 bliadhna
Faid	12 seachdain gach modal
Dòigh Libhrigidh	Làn-ùine & Pàirt-ùine, an làthair & air astar
Cosgais	£1,820 gach bliadhna
Barrantas Inntrigidh	Ceum: 5 SQA (3 H); CertHE: 5 SQA (2 H)

35	CPD Leasachadh Cànan
Cò leis	Sabhal Mòr Ostaig
Eòlas	Leasachadh Cànan
Seòladh	www.smo.uhi.ac.uk [astar@smo.uhi.ac.uk]
Cuspairean	A' Ghàidhlig an-dè 's an-diugh; Poileasaidh is Plana Cànan 1
Barrantachadh	UHI
Cuin is Tricead	Sultainn & Faoilleach
Faid	12 seachdain gach modal
Dòigh Libhrigidh	Pàirt-ùine, air astar
Cosgais	£215 gach modal luach 20 Scotcat
Barrantas Inntrigidh	Gabhaidh iad ri oileanaich gun teisteanas

36	Cùrsaichean Sònraichte ann an Poileasaidh agus Planadh Càinain
Cò leis	IAITH - Welsh Centre for Language Planning
Eòlas	Leasachadh Càinain
Seòladh	http://www.iaith.eu/cyrsiau.php post@iaith.eu
Cuspairean	Cùrsaichean goirid, mòran dhiubh tro mheadhan na Cuimris, ag amas air Mothachadh Càinain agus leasachadh sgilean càinain. Thèid cùrsaichean eile a sgriobhadh gu sònraichte do bhuidhnean a rèir am feumalachdan agus ghabhadh an lìbhrigeadh tro mheadhan na Beurla.
Barrantachadh	-
Cuin is Tricead	rè na bliadhna
Faid	diofar chùrsaichean a rèir feumalachdan luchd-cleachdaidh
Dòigh Lìbhrigidh	Làn-ùine, an làthair
Cosgais	diofar phrisean a rèir faid is susbaint a' chùrsa
Barrantas Inntrigidh	Duine sam bith

6. MOLAIDHEAN

6.1. Leasachadh cànan mar raon proifeiseanta

6.1.1. A' togail proifeiseantachd ann an raon leasachaидh chànan ann an Alba

Tha an raon, leasachadh cànan, aig fior thoiseach gnothaich (chan ann a-mhàin ann an Alba ach gu h-eadar-nàiseanta) ann a bhith ga chur fhèin air adhart mar phroifeisean, le dreuchdan sònraichte, le trèanadh iomchaidh, le teisteanachadh aithnichte, le teòiric choitcheann stèidhichte air rannsachadh eadar-nàiseanta (Romaine 2006), le cliù am measg a' phobaill agus le spèis agus cumhachd anns a' chomann shìobhalta. Tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig a bhith ag obair ann an co-bhonn ris na h-oilthighean, ris an Riaghaltas aig gach ìre agus ri buidhnean iomairt, agus a' cur ris a' phroifeiseantachd seo. Cha tèid leasachadh cànan èifeachdach a chur an gniomh ann an Alba mura h-eil na daoine a tha ag obair mar luchd-leasachaидh air an trèanadh anns an teòiric agus anns na sgilean pragtaigeach a leanas gu deagh ghnè anns an raon ùr seo.

6.1.2. An dà-sgaradh meallta eadar teòiric agus eòlas pragtaigeach

Chualas anns na h-agallamhan am beachd cumanta nach eil teòiric ann an leasachadh cànan gu cus feum don chuid a tha ag obair air ath-bheothachadh na Gàidhlig bho latha gu latha anns na buidhnean agus anns na coimhearsnachdan. Thathar a' moladh an seo gur e ceum cudromach a dh'ionnsaidh proifeiseantachd an raoin gun tèid am beachd seo atharrachadh. Chan eil gniomhan pragtaigeach a' dol a dh'obair gu h-èifeachdach anns an fhad-ùine mura h-eil iad stèidhichte air teòiric agus air eòlas farsaing eadar-nàiseanta. Tha an teòiric a chaidh a thogail ann an raon leasachaидh chànan buileach pragtaigeach, ag amas air deagh ghnè agus èifeachd. Mar a sgrìobh Grenoble agus Whaley “[...] *an honest evaluation of most language revitalization efforts to date will show that they have failed.*” (2006: ix) Chìtheart ann an iomadh àite air feadh an t-saoghail eisimpleirean de dh'iomairtean ath-bheothachaidh a dh'fhàilig a chionn 's nach robh an luchd-leasachaидh fiosraichte gu leòr air na h-innleachdan a tha dha-rìribh ag obair, na h-innleachdan a tha iomchaidh ann an diofar shuidheachaidhean, cuin agus ciamar a bu chòir an cur an sàs agus cò leis. (c.f. Tsunoda 2006). Tha corporas de dh'eòlas farsaing air a chruinneachadh a-nis ann an litreachas an raoin agus am measg eòlaichean eadar-nàiseanta air na tha ag obair agus nach eil, teòiric a tha an dà chuid pragtaigeach agus cudromach do luchd-leasachaидh ag obair bho latha gu latha ann an coimhearsnachdan. Tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' moladh trèanadh do bhuidhnean agus a' mìneachadh cho cudromach 's a tha teòiric eadar-nàiseanta ann an obair-latha anns an raon.

6.1.3. A' togail cultar dà-chànanais no ioma-chànanais ann an Alba

Anns an aon dòigh nach dèan duine sam bith anns an latha an-diugh plana airson leasachadh ann an sgìre gun smaoineachadh air buaidh an leasachaидh sin air an àrainneachd nàdarra, feumaidh Bòrd na Gàidhlig iomairt gus atharrachadh cultarach a thoirt gu bith an Alba air fad, agus gu sònraichte air a' Ghàidhealtachd, gus nach dèanar plana leasachaидh aig ìre sam bith gun phlanadh airson buaidh an leasachaидh sin air na cànanan a tha gam bruidhinn anns an sgìre (*Gaelic proofing*).

Chithear anns an dàta bhon t-suirbhidh gu bheil mòran fhathast a' tuigsinn planadh càin mar chùram a tha iomchaidh don chuid a tha ag obair ann an leasachadh na Gàidhlig gu dìreach, ach nach eil leasachadh càin air fhighe a-steach do dh'obair nam buidhnean anns an fharsaingeachd. Tha planadh càin agus eòlas air leasachadh càin air an cur nan àite fhèin anns na buidhnean anns an t-sampall againn gu ìre mhòr, agus tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig a bhith a' brosnachadh bhuidhnean gun sgaoil iad eòlas air leasachadh càin am measg an luchd-obrach air fad, nach eilear a' tuigsinn leasachadh na Gàidhlig mar chuspair a bhuineas ri aon oifigear Gàidhlig no ri sgioba beag na Gàidhlig a-mhàin, ach ris na h-uile.

6.1.4. Cion trèanaidh ach ùidh mhòr ga nochdadh ann

Tha an rannsachadh air sealltainn gu bheil dìth mhòr trèanaidh ann an obraichean sa mhargaidh obrach Ghàidhlig a thaobh leasachadh càin agus leasachadh coimhersnachd – agus gu h-àraighe a thaobh leasachadh càin. Ach tha ùidh aig daoine anns a h-uile seòrsa roinn obrach, pàichte no neo-phàichte, ann am barrachd trèanaidh, anns na ceithir cuspairean mun deach faighneachd: Mothachadh Càin, Poileasaidh Càin, Leasachadh Coimhersnachd agus Sgilean Gàidhlig.

6.1.5. Tha barrachd maoineachaidh riatanach airson trèanadh

Cha tèid leudachadh air proifeiseantachd anns an raon gun barrachd airgid airson trèanadh. Thathar a' tuigsinn gu bheil airgead gu sònraichte gann an-dràsta ach cha robh riamh airgead gu leòr ann airson na Gàidhlig, ge b' e dè an staid anns an robh an eaconamaidh. Mas e prìomhachas a tha ann: thèid airgead a lorg. Tha e mar fhiachaibh air Bòrd na Gàidhlig a dhol do Riaghaltas na h-Alba agus toraidhean an rannsachaidh a chleachdadh ann an argamaid airson barrachd ghoireasan airson trèanadh ann an leasachadh càin/coimhersnachd.

6.1.6. Cruth-atharrachadh air inbhe obraichean a dhìth

Feumar cruth-atharrachadh a thoirt air ìomhaigh agus smaoineachadh air inbhe obraichean a tha a' buntainn ri luchd-labhairt agus coimhersnachdan na Gàidhlig. Tha rannsachadh eile [MacLeod, M. (2011), agus MacLeod, M. (2008)] air an cion misneachd aig luchd-obrach sa mhargaidh obrach Ghàidhlig a shealltainn. Le bhith a' cur tòrr a bharrachd cuideim agus prìomhachais air: prògram trèanaidh proifeiseanta a tha air a bharrantachadh, tro shanasachd a' phrògram le teachdaireachd mu àrdachadh proifeiseantachd, agus tro m.e. chùmhnan ann an aonta sheirbheisean agus taic-airgid ann am poileasaidhean càin buidhne, thogte ìomhaigh obraichean Gàidhlig agus slatan-tomhais deagh chleachdaidh.

6.1.7. A' dol bho eòlas pearsanta agus iomairtean ad hoc gu proifeiseantachd

Thathar a' moladh gun cuir Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile prìomhachas air leasachadh dhreuchdan proifeiseanta airson obraichean a tha a' buntainn ri leasachadh càin is coimhersnachd na Gàidhlig, agus an àite daoine a bhith cofhurtail le eòlas pearsanta a-mhàin agus iomairtean *ad hoc* cha mhòr, gum bi trèanadh a' toirt an aire do dh'eòlas cho-obraichean, eisimpleirean bho luchd-iomaireachd eile à dùthchannan eile, agus beachdachadh air teòiric le ceumannan ideòlach agus pragtaigeach air mar a chuireas neach-obrach ri ath-bheothachadh mion-càin.

6.1.8. Gum bi trèanadh ann an leasachadh cànan na riatanas

Dh'fheumte prògram co-òrdanaichte de thrèanadh bliadhnailean a chur air dòigh, agus thathar a' moladh gu mòr gun can Bòrd na Gàidhlig gum bi an trèanadh seo riatanach, mar a tha leasachadh air sgilean proifeiseanta riatanach do phroifeiseantaich eile m.e. tidsearan, dotairean, fiaclairean. Thathar a' moladh gum bu choir prògram le structar de thrèanadh ann am planadh cànan/leasachadh coimhersnachd a bhith riatanach agus ceangailte ri amasan planaichean cànan, agus ceangailte ri maoineachadh bhon Bhòrd do bhuidheann sam bith. Thathar a' moladh siostam a chur air dòigh far am bithear a' luachadh adhartas ann an leasachadh sgilean proifeiseanta am measg luchd-obrach agus bhuidhnean.

6.1.9. Gun stèidhichear lìonraidd phroifeiseanta agus comann proifeiseanta.

Bu choir trèanadh a bhith ann airson gach neach-obrach, pàighe no neo-phàighe, aig ère coimhersnachd no aig Ùghdarris Phoblach. Thathar a' moladh ceanglaichean làidir a thogail eadar saor-thoilich air comataidhean ionadail, daoine le obraichean pàighe anns gach roinn, agus acadaimigich le litreachas agus structaran teòiriceil a cheangal barrachd anns na seiseanan trèanaidh.

Fhuairreadh gu bheil mòran den bheachd gur e obair aonranach a th' ann an obair leasachaidh choimhersnachd: mas e buidheann mhòr a th' ann, 's dòcha nach bi mòran daoine ann ag obair leis a' Ghàidhlig no mas e Buidheann Leasachaidh a th' ann, nach bhi mòran choobraichean timcheall. Mar sin, thathar a' moladh gu mòr gun cuirear lìonraidd phroifeiseanta air dòigh: anns a' chiad dol-a-mach ghabhadh lìonraidd cur air dòigh a' cleachdadhbh ghoireasan CTF (eadar-lòn / in-lìonraidd) far am biodh fiosrachadh ann agus far am b' urrainn do dhaoine eòlas a roinn eatarra ann am fòram. Thathar a' moladh cuideachd gum b' fhiach comann proifeiseanta de luchd-leasachaidh na Gàidhlig a stèidheachadh.

6.1.10. Gun cuirear maoin trèanaidh shònraichte air dòigh do bhuidhnean saor-thoileach.

Thathar a' moladh barrachd aire a thoirt do bhuidhnean carthannais/saor-thoileach agus buidhnean a tha ag obair aig ère nan coimhersnachdan; agus ma dh'fhaoidte gum bi feum air barrachd taice an seo, m.e. airgead airson trèanadh, mar a tha mòran de na h-obraichean an seo neo-phàighe. Dh'fhaodadh luchd-obrach le barrachd trèanaidh diofar mòr a dhèanamh aig ère ath-bheothachadh nan coimhersnachdan cànan.

6.2 Prògram Solarachaidh Trèanaidh

Mar thoradh air na h-agallamhan a rinneadh ri riochdairean bhuidhnean, na ceisteachan a fhreagair 38 buidhnean agus an rannsachadh air cursaichean trèanaidh a tha rim faotainn an-dràsta, thàinigear chun a' cho-dhùnaidh nach dèan aon seòrsa prògram an gnothach ann a bhith a' freagairt air feumalachdan luchd-leasachaidh uile. Air sàilleabhair sin, thathar a' moladh trì dòighean air trèanadh a lìbhrigeadh a ghabhas cur gu feum a rèir mar as fheàrr a fhreagras iad air feumalachdan bhuidhnean.

6.2.1. Trèanadh le Teisteanas

Clasaichean air astar, eadar clasaichean fòn no bhidio, a' cur stuthan gu feum a tha gan cleachdadhbh mar-thà, m.e. cursaichean LDL aig Sabhal Mòr Ostaig is Colaisde a' Chaisteil far a bheil dà mhodal gan teagasg.

- Rin lìbhrigeadh dà thuras gach bliadhna (Faoilleach is Sultain).
- Dà chlas san t-seachdain fad 12 seachdain aig gach modal.
- £215 gach modal = £430 air càrsa LDL.

6.2.2. Co-labhairt Chuspaireil

Seiseanan slàn is seiseanan buidhne ag amas air cuspair na co-labhairt ann an dùigh structaraichte le luchd-trèanaidh aig an stiùir. Cothroman aig luchd-obrach air tachairt ri co-luchd-obrach à àiteachan/pròiseactan eile. Cothroman air fios is eòlas a cho-roinn ri chèile agus air ionnsachadh mu na leasachaidhean as ùire.

- Ri lìbhrigeadh uair sa bhliadhna.
- Dà latha.
- Cosgaisean ri tighinn.

6.2.3. Trèanadh san Àite-obrach

Seiseanan air nòs bùth-obrach anns an àite-obrach far am bi cothrom aig luchd-obrach air tachairt ri luchd-trèanaidh agus eòlas a chur air leasachaidhean ùra anns an raon.

- Ri lìbhrigeadh a rèir feumalachdan na buidhne.
- Trèanadh latha (ach ghabhadh seo leudachadh).
- Cosgaisean ri tighinn.

6.2.4. Luchd-trèanaidh/Oidean

Thatchar a' moladh na leanas anns a' chiad dol-a-mach mar sgioba de luchd-trèanaidh/oidean, ged a thatchar mothachail gun gabh cur ris an liosta tro thìde.

Timothy Armstrong	Sabhal Mòr Ostaig
Cefin Campbell	Iaith
Dòmhnull Iain Dòmhnullach	Comhairle nan Eilean Siar
Dòmhnull Martainn	
Dòmhnull Morris	Comunn na Gàidhlig
Gillian Rothach	Sabhal Mòr Ostaig
Iain Mac an Tàilleir	Sabhal Mòr Ostaig
Michelle NicLeòid	Oilthigh Obar Dheathain
Niall Ó Catháin	Iomairt CharnTóchair, Èirinn a Tuath
Peadar Ó Flatharta	Fiontar, Ollscoil Chathair Bhaile Átha Cliath
Seosamh Mac Donnacha	Acadamh na hOllscolaíochta Gaeilge

TÙSAN

Baldauf, R B Jr. (1994). "'Unplanned' Language Policy and Planning'. *Annual Review of Applied Linguistics* 14: 82-89

Bòrd na Gàidhlig. (2012). *Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17*. Inverness: Bòrd na Gàidhlig.

Fishman, J A. (1991). *Reversing Language Shift; Theoretical and Empirical Foundations of Assistance to Threatened Languages*. Clevedon: Multilingual Matters

Grenoble, L A. agus Whaley, L J. (2006) *Saving Languages, an introduction to language revitalization*. Cambridge: Cambridge University Press.

Henderson, P. & Glen, A. (2006). 'From recognition to support: Community development workers in the United Kingdom'. *Community Development Journal* 41 (3): 277–292

Ioan, G. (2011). 'Waking the Dragon within: empowering local language communities'. Ann an Cox, R A V. & Armstrong, T C. (deas.). *A' Cleachdadh na Gàidhlig: slatan-tomhais ann an dion càinain sa choimhhearsnachd*. Ostaig: Clò Ostaig: 109-122

Jones, K. & Ioan, G. (2000). *Venturing Onwards: Review of the Menterau Iaith 2000. Full Report*. Castell Newydd Emlyn: Cwmni Iaith Cyf.

Mac Donnacha, J. (2000). 'An Integrated Planning Model'. Ann an *Language Problems and Language Planning* 24: 11-35.

MacLeod, M. (2008). *The Meaning of Work in the Gaelic Labour Market in the Highlands and Islands of Scotland*. University of Aberdeen: PhD thesis.

MacLeod, M. (2011). 'The Human Factor: Community Language Workers and National Strategies'. Ann an Kirk, J M. & Ó Baoill, D P. (deas.). *Strategies for Minority Languages: Northern Ireland, the Republic of Ireland, and Scotland*. Beul Feirste: Cló Ollscoil na Banríona: 223-230

McLeod, W. (2011). 'Planaichean Reachdail Gàidhlig: cothroman is cnapan-starra'. Ann an Cox, R A V. & Armstrong, T C. (deas.). *A' Cleachdadh na Gàidhlig: slatan-tomhais ann an dion càinain sa choimhhearsnachd*. Ostaig: Clò Ostaig: 227-248

Romaine, S. (2006). 'Planning for the Survival of Linguistic Diversity'. *Language Policy* 5: 441-473.

Sender, H., Hatamian, A. & Carlisle, B. (2009). *Survey of community development workers and managers*. Lunnainn: Community Development Foundation

Tsunoda, T. (2006). *Language Endangerment and Language Revitalization*. New York: Mouton de Gruyter.

Williams, C. (2000). 'Community Empowerment through Language Planning Intervention'. Ann am Williams, C. (deas.). *Language Revitalization. Policy and Planning in Wales*. Cardiff: University of Wales Press: 221-246.

PÀIPEAR-TAICE A: AN CEISTEACHAN

A.

FIOS MUN BHUIDHINN

1. Ainm na buidhne agaibh: _____

2. Dè seòrsa buidhne a th' ann? [Cuiribh sràc ann an aon bhogsa a-mhàin]

- | | |
|--|---|
| <input type="checkbox"/> Buidheann Ghàidhlig | <input type="checkbox"/> Buidheann charthannais (obraichean pàighe) |
| <input type="checkbox"/> Buidheann phoblach | <input type="checkbox"/> Buidheann shaor-thoileach |
| <input type="checkbox"/> Ùghdarris ionadail | <input type="checkbox"/> Eile _____ |

3. Càite bheil am (priomh) oifis agaibh? [Cuiribh srac ann an aon bhogsa a-mhàin]

- | | |
|--|---|
| <input type="checkbox"/> Na h-Eileanan Siar | <input type="checkbox"/> Glaschu/Dùn Èideann/meadhan na dùthcha |
| <input type="checkbox"/> Inbhir Nis | <input type="checkbox"/> Earra-Ghàidheal agus Bòid |
| <input type="checkbox"/> Roinn na Gàidhealtachd (gun Inbhir Nis) | <input type="checkbox"/> Àite eile an Alba |

4. A bheil poileasaidh càinain aig a' bhuidhinn? [Cuiribh srac ann an aon bhogsa a-mhàin]

Tha Chan eil Ag obair air

5. Cò mheud duine anns a' bhuidhinn a tha ag obair, co-dhiù cuid dhen ùine, tro mheadhan na Gàidhlig?

[sgriobhaibh àireamh gach seòrsa duine sna bogsaichean]

àireamh luchd-obrach pàighe àireamh luchd-obrach saor-thoileach

6. Cò mheud duine a tha ag obair dhan bhuidhinn? [sgriobhaibh àireamh gach seòrsa duine sna bogsaichean]

àireamh luchd-obrach pàighe àireamh luchd-obrach saor-thoileach

7. Cò mheud duine sa bhuidhinn agaibh a tha ag obair gu sònraichte air rudan a tha a' buntainn ri coimhairsnachdan agus luchd-labhairt na Gàidhlig? [sgriobhaibh àireamh gach seòrsa duine sna bogsaichean]

àireamh luchd-obrach pàighe àireamh luchd-obrach saor-thoileach

8. Ma tha luchd-obrach pàighe no saor-thoileach ann a tha ag obair air rudan a tha a' buntainn ri coimhairsnachdan Gàidhlig, dè seòrsa obraichean a th' aca/dleastanasan a th' orra? [sgriobhaibh àireamh gach seòrsa duine sna bogsaichean]

SEÒRSA OBRACH

Leasachadh choimhairsnachdan

luchd-obrach pàighe

Leasachadh càinain
ann an coimhairsnachdan

luchd-obrach pàighe

Leasachadh phoileasaidhean
air seirbheisean /coimhairsnachdan
Gàidhlig

luchd-obrach pàighe

ÀIREAMH DE DAOINE

luchd-obrach saor-thoileach

luchd-obrach saor-thoileach

luchd-obrach saor-thoileach

Buill shaor-thoileach air comataidh sa choimhearsnachd/aig buidheann Ghàidhlig	luchd-obrach pàighte <input type="checkbox"/>	luchd-obrach saor-thoileach <input type="checkbox"/>
Eile:	luchd-obrach pàighte <input type="checkbox"/>	luchd-obrach saor-thoileach <input type="checkbox"/>

Mìnichibh seo: _____

B.

TRÈANADH AN-DRÀSTA SA BHUIDHINN

9. A bheil poileasaidh trèanaidh aig a' bhuidhinn airson trèanadh do:

[Cuiribh sràc anns gach bocsa a tha freagarrach]

luchd-obrach pàighte?	<input type="checkbox"/> tha	<input type="checkbox"/> chan eil
luchd-obrach saor-thoileach?	<input type="checkbox"/> tha	<input type="checkbox"/> chan eil

10. A bheil e riatanach do neach-obrach trèanadh a dhèanamh?

[Cuiribh sràc anns gach bocsa a tha freagarrach]

luchd-obrach pàighte?	<input type="checkbox"/> tha	<input type="checkbox"/> chan eil
luchd-obrach saor-thoileach?	<input type="checkbox"/> tha	<input type="checkbox"/> chan eil

11. Cò mheud uair a thìde de thrèanadh a bu chòir do gach neach a dhèanamh gach bliadhna (mas còir idir)?

[Cuiribh àireamh anns gach bocsa a tha freagarrach]

luchd-obrach pàighte <input type="checkbox"/>	luchd-obrach saor-thoileach <input type="checkbox"/>
---	--

12. A bheil buidseat ann airson trèanadh do luchd-obrach?

[Cuiribh sràc anns gach bocsa a tha freagarrach]

luchd-obrach pàighte?	<input type="checkbox"/> tha	<input type="checkbox"/> chan eil
luchd-obrach saor-thoileach?	<input type="checkbox"/> tha	<input type="checkbox"/> chan eil

13. Ma tha, am faodar faighneachd dè seòrsa suim a th' ann gach bliadhna airson:

[Cuiribh àireamh anns gach bocsa a tha freagarrach]

luchd-obrach pàighte? <input type="checkbox"/> £	luchd-obrach saor-thoileach? <input type="checkbox"/> £
--	---

14. Dhen luchd-obrach an-dràsta, cò mheud aca aig an robh obair ron seo a bha a' buntainn ri :

[Cuiribh àireamh anns gach bocsa a tha freagarrach]

leasachadh càinain?	àireamh luchd-obrach pàighte <input type="checkbox"/>	àireamh luchd-obrach saor-thoileach <input type="checkbox"/>
leasachadh coimhearsnachd?	àireamh luchd-obrach pàighte <input type="checkbox"/>	àireamh luchd-obrach saor-thoileach <input type="checkbox"/>

Tha na mineachaidhean airson nan abairtean seo - planadh càinain, mothachadh càinain, leasachadh coimhearsnachd agus leasachadh sgilean Gàidhlig - air an duilleig mu dheireadh (duilleag 8) dhen cheisteachan seo.

Nach leugh sibh iad mus freagair sibh na ceistean a leanas.

15. Cò mheud anns a' bhuidhinn a fhuair trèanadh air na leanas:

[Cuiribh an àireamh de gach seòrsa neach anns na bogsaichean]

Planadh cànan?	luchd-obrach pàighte	<input type="checkbox"/>	luchd-obrach saor-thoileach	<input type="checkbox"/>
Mothachadh cànan?	luchd-obrach pàighte	<input type="checkbox"/>	luchd-obrach saor-thoileach	<input type="checkbox"/>
Leasachadh coimhlearsnachd?	luchd-obrach pàighte	<input type="checkbox"/>	luchd-obrach saor-thoileach	<input type="checkbox"/>
Sgilean cànan sa Ghàidhlig?	luchd-obrach pàighte	<input type="checkbox"/>	luchd-obrach saor-thoileach	<input type="checkbox"/>

Trèanadh ann am Planadh Cànan	<input type="checkbox"/> chan eilear a' dèanamh seo an-dràsta
-------------------------------	---

16. Cò mheud neach-obrach a tha a' faighinn trèanaidh an-dràsta ann am Planadh Cànan?

[sgriobhaibh àireamh gach seòrsa sna bogsaichean]

àireamh luchd-obrach pàighte àireamh luchd-obrach saor-thoileach

17. Ciamaid a tha an trèanadh seo a' tachairt an-dràsta? [cuiribh tioc anns gach bogsa a tha iomchaidh]

- | | |
|---|--|
| <input type="checkbox"/> ionnsachadh air astar - vc/skype/ jabber | <input type="checkbox"/> neach-trèanaidh san àite-obrach |
| <input type="checkbox"/> ionnsachadh air astar - fòn | <input type="checkbox"/> ionad ionnsachaidh ionadail |
| <input type="checkbox"/> fèin-ionnsachadh le goireasan air loidhne | <input type="checkbox"/> cursa air àrainn-ionnsachaidh (residential) |
| <input type="checkbox"/> fèin-ionnsachadh le goireasan clò-bhualite | <input type="checkbox"/> bàrd-deasbaid air loidhne |
| <input type="checkbox"/> eile [mìnichibh seo]: | |

18. Dè an ùine a mhaireas na cursaichean ann am Planadh Cànan? [cuiribh tioc ris gach bogsa a tha iomchaidh]

- | | | |
|-------------------------------------|--|--------------------------------|
| <input type="checkbox"/> leth-latha | <input type="checkbox"/> 2-3 làithean | <input type="checkbox"/> eile: |
| <input type="checkbox"/> latha | <input type="checkbox"/> fad seachdain | |

19. A bheil an trèanadh an-dràsta ann am Planadh Cànan [cuiribh tioc ann an aon bhogsa a-mhàin]

- Le teisteanas, no Gun teisteanas?

20. An innis sibh dhuinn ainm(-ean) a' chùrsa agus ainm na buidhne a tha ga libhrigeadh:

Trèanadh ann am Mothachadh Cànan	<input type="checkbox"/> chan eilear a' dèanamh seo an-dràsta
----------------------------------	---

21. Cò mheud neach-obrach a tha a' faighinn trèanaidh an-dràsta ann am Mothachadh Cànan?

[sgriobhaibh àireamh gach seòrsa sna bogsaichean]

àireamh luchd-obrach pàighte àireamh luchd-obrach saor-thoileach

22. Ciamaid a tha an trèanadh seo a' tachairt an-dràsta? [cuiribh tioc anns gach bogsa a tha iomchaidh]

- | | |
|---|--|
| <input type="checkbox"/> ionnsachadh air astar - vc/skype/ jabber | <input type="checkbox"/> neach-trèanaidh san àite-obrach |
|---|--|

- | | |
|---|--|
| <input type="checkbox"/> ionnsachadh air astar - fòn | <input type="checkbox"/> ionad ionnsachaidh ionadail |
| <input type="checkbox"/> fèin-ionnsachadh le goireasan air loidhne | <input type="checkbox"/> càrsa air àrainn-ionnsachaidh (residential) |
| <input type="checkbox"/> fèin-ionnsachadh le goireasan clò-bhuailte | <input type="checkbox"/> bòrd-deasbaid air loidhne |
| <input type="checkbox"/> eile [mìnichibh seo]: | |

23. Dè an ùine a mhaireas na càrsachean ann am Mothachadh Càin? [cuiribh tioc ris gach bogsa a tha iomchaidh]

- | | | |
|-------------------------------------|--|--------------------------------|
